

Airgead

Goireas Ionnsachadh Proifeiseanta

Tha an goireas seo mar phàirt den t-sreath Goireasan Ionnsachadh Proifeiseanta airson Àireamhachd.

Clàr-innse

Duilleag

- 03 | Ro-ràdh
- 05 | Tràth-ìre
- 17 | Ciad ìre
- 31 | Dàrna ìre
- 40 | Treas ìre
- 48 | Ceathramh ìre
- 55 | Beag-fhaclair

Ro-ràdh


Chaidh an goireas ionnsachadh proifeiseanta seo a chruthachadh gus luchd-cleachdaidh a chuideachadh a bhith a' meòrachadh air an cuid eòlais agus tuigse, aire a thoirt do na raointean a tha dùbhlach do chloinn agus oir-loidhne a dhèanamh air dòighean-obrach èifeachdach airson taic a chur ri ionnsachadh is teagasg ann an airgead san àm ri teachd.

Tha e cudromach gu bheil a' tuigsinn aig ìre thràth nan co-theacsaichean anns am bithear a' cleachdadh airgead. Tha cleachdadh bhonn-airgid agus notaichean mar sgil a bhios sinn a' cleachdadh nar beatha làitheil, agus feumaidh luchd-ionnsachaidh tuigsinn gum feum airgead a bhith air iomlaid ann an cruth air choreigin gus bathar no seirbheisean a cheannach. Tha dòighean-pàighidh gan sìor-leasachadh, agus bu chòir gum bithear a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh gus airgead an t-saoghail dhidseataich a rannsachadh. Le bhith a' leasachadh misneachd a thaobh dèanamh obrachaidhean a-mach, air pàipear agus nad cheann, far a bheil a' dèiligeadh ri airgead, thathar cuideachd a' leasachadh sgil a tha cudromach ann am beatha làitheil.

Aon uair 's gu bheil luchd-ionnsachaidh a' dèanamh adhartas tro na h-ìrean, bu chòir dhaibh tòiseachadh air rannsachadh a dhèanamh air an raon de dhùaisean a thig bho bhith a' sàbhaladh agus a' tasgadh airgead, a bharrachd air na cunnartan a tha an lùib airgead fhaighinn air iasad. Bidh seo gan cuideachadh a bhith a' leasachadh an comais gus anailis a dhèanamh air a' bhuaidh a thig bho na co-dhùnidhean ionmhasail a nì iad.

Air feadh a h-uile ìre, bu chòir gum bithear a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh an cuid tuigse air airgead a chur an gnìomh ann an suidheachaidhean fìor-bheatha.

Frèam-obrach Adhartais Nàiseanta airson Àireamhachd agus Matamataig¹ Airgead



¹ Gheibhear stiùireadh a bharrachd air mar bu chòir Frèam-obrach Adhartais Nàiseanta airson Àireamhachd agus Matamataig a chleachdadh le bhith a' cliogadh [an seo](#).

A' leasachadh comasachd ionmhasail

Airson comasachd ionmhasail a leasachadh, bithear a' leasachadh: tuigse air ionmhas, comas ionmhasail, uallach ionmhasail agus iomairt ionmhasail. Tha na ceithir taobhan seo eadar-cheangailte agus a' toirt taic dha chèile. Le chèile, tha iad a' dèanamh dreachd fhrèam-obrach airson sgilean, dòighean-smaoineachaidh agus modh-giùlain a leasachadh a bhios a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh mar chosnaichean, mar fhastaichean, mar luchd-tionnsgain no mar luchd-obrach saor-thoileach. Tha e deatamach gu bheil eadar-cheangailte air co-dhùnaidhean a dhèanamh air cosg is sàbhaladh airgid air chor 's gum bithear a' co-chothromachadh dòigh-bheatha agus cosgais bith-beò. Gheibhear beag-fhaclair air duilleag 55 a tha a' mìneachadh bhriathran ceangailte ri airgead is foghlam ionmhasail.

Tha duilleag aig Foghlam Alba air an [Ionad Leasachaidh Nàiseanta](#) a bhios a' tabhann stiùireadh is goireasan a bharrachd gu sònraichte air foghlam ionmhasail. A bharrachd air sin, tha raon sònraichte aig a' [Chòimhearsnachd Ionnsachaidh Phroifeiseanta air Àireamhachd agus Matamataig](#) (feumaidh ainm-loga GLOW a bhith agad) a tha a' cur fòcas air foghlam ionmhasail. Tha sin a' toirt cheanglaichean ri stiùireadh agus raon farsaing de ghoireasan a chaidh a chruthachadh an dà chuid le Foghlam Alba agus le pàrtaidhean taobh a-muigh.

Le bhith a' toirt chothroman foghlaim ionmhasail do luchd-ionnsachaidh, tha sinn a' toirt taic dhaibh gus ceanglaichean a dhèanamh tarsainn an cuid ionnsachaidh agus, aig an aon àm, a' toirt modh-obrach ionnsachaidh eadar-chuspaireil (IDL) don churraicealaim matamataig. Le bhith a' ceangal sgilean àireamhachd is matamataig don fhìor-shaoghal, bithear a' cuideachadh gus bun-bheachdan matamataig a dhèanamh nas brìghmhoire agus nas buntainneach, agus mar thoradh air sin faodar tuigse an luchd-ionnsachaidh a dhoimhneachadh. Thathar air beagan eisimpleirean a thoirt seachad airson gach ìre, ach tha iomadh cothrom IDL a bharrachd ann a dh'fhaodar rannsachadh. Bidh co-theacsa air leth aig gach suidheachadh, agus bu chòir gum bithear a' freagarrachadh agus a' leasachadh nan dòighean-obrach ann an dòigh a bhios a' coileanadh feumalachdan gach suidheachaidh, a bharrachd air feumalachdan na coimhearsnachd nas fharsaing.

Faodaidh Leasachadh an Sgioba-obrach Òg (DYW) co-theacsa structarail a thoirt seachad airson foghlam ionmhasail, a chionn 's gum faod e cothroman a thoirt gus ceanglaichean a dhèanamh eadar comasachd ionmhasail agus sgilean airson beatha, ionnsachadh is cosnadh.

Tha [ro-innleachd na Rìoghachd Aonaichte airson sunnd ionmhasail](#) (*UK Strategy for Financial Wellbeing*) a' cur an cèill amas nàiseanta airson dèanamh cinnteach gum bi 150,000 pàiste is duine òg a bharrachd a' fàs suas ann an Alba a' faighinn foghlam ionmhasail a tha brìghmhor ro dheireadh 2030. Tha Seirbheis an Airgid is nam Peinnean (MaPS) air sgrìobhainnean stiùiridh a chruthachadh a tha ag amas air taic a thoirt do bhun-sgoiltean is àrd-sgoiltean gus a' phàirt aca a chluiche ann an bhith a' coileanadh an amais seo. Chaidh gach sgrìobhainn a leasachadh gus luach foghlaim ionmhasail a mhìneachadh, stiùireadh a thoirt seachad air mar a dh'fhaodar sgoiltean am modhan-obrach a leasachadh no a leudachadh agus aire dhaoine a tharraing chun nan seirbheisean is goireasan a tha rim faotainn.



[Foghlam Ionmhasail airson sgoiltean - Seirbhis an Airgid is nam Peinnean \(maps.org.uk\)](https://maps.org.uk)

Tràth-ìre

Tha an clàr gu h-ìosal a’ gabhail a-steach eòlasan agus builean ceangailte ri ‘Airgead’ aig an tràth-ìre. Bu chòir na h-eòlasan is builean a chleachdadh ann am planadh airson ionnsachadh, teagasg agus measadh. Bu chòir a thoirt fa-near gun deach na slatan-tomhais a dhealbhadh gus taic a thoirt do bhreithneachadh phroifeiseanta an tidseir a thaobh dèanamh adhartas fa chomhair ìre agus coileanadh ìre. Feumaidh luchd-ionnsachaidh a bhith air an treòrachadh tro raon de dhiofar eòlasan mus tèid aca air na builean seo a choileanadh.

Eòlasan is Builean	Slatan-tomhais
Tha mi a’ fàs nas mothachail air mar a thathar a’ cleachdadh airgead agus is urrainn dhomh raon de bhuinn-airgid a chleachdadh. MNU 0-09a	• Ag aithneachadh a h-uile bonn suas gu £2. • A’ cur an gnìomh sgilean cur-ris agus toirt-air-falbh agus a’ cleachdadh nam bonn 1sg, 2sg, 5sg agus 10sg gus an luach ceart a phàigheadh airson nithean suas gu 10sg.

A’ stèidheachadh bhunaitean làidir airson ionnsachadh

Bu chòir beachdachadh gu mionaideach air na h-àitichean, eadar-obrachaidhean agus eòlasan a tha sinn a’ toirt seachad, a’ dèanamh cinnteach gu bheil cothroman ann tromhpa uile far am faod luchd-ionnsachaidh àireamhachd a leasachadh mar bhun-bheachd.

Àitichean

Far a bheilear a’ cleachdadh, gach cuid air a’ bhlàr a-muigh agus a-staigh, àitichean ionnsachaidh a tha beartach agus air an do rinneadh beachdachadh gu mionaideach, faodaidh leithid a dh’aitichean cothroman practaigeach a thoirt do luchd-ionnsachaidh gus airgead a leasachadh mar bhun-bheachd. Bu chòir gu bheil na roghainnean a thathar a’ tairgse mar chomharradh air àrainneachd fhosgailte, far a bheil rud sam bith comasach agus far am faod clann a bhith a’ faireachdainn brosnachaidh annta fhèin gus airgead a rannsachadh agus a sgrùdadh tro chluiche. Far a bheilear a’ roghnachadh ghòireasan a tha freagarrach agus inntinneach, faodaidh seo conaltradh a bhrosnachadh, ag adhbharachadh cruthachalachd, comas-iongnaidh agus ionnsachadh nas doimhne.

Bidh goireasan a tha a’ fàgail nithean fosgailte a’ tairgse na comasachd airson rùrachadh cruthachail tro eòlasan ionnsachaidh a tha air an tòiseachadh leis a’ phàiste no leis an inbheach. Bu chòir àitichean a bhith air am planadh gus co-chothromachadh a choileanadh anns na cothroman airson luchd-ionnsachaidh a bhith a’ cluiche, a’ rannsachadh, a’ sgrùdadh agus a’ ceasnachadh. Bu chòir do luchd-cleachdaidh dèanamh cinnteach gu bheil planadh airson ionnsachadh a’ tòiseachadh leis a’ phàiste agus gu bheil seo air a cho-chothromachadh gu cùramach gu bhith an dà chuid freagairteil agus so-rùnaichte na dhealbhadh. Bu chòir gu bheil cothroman a’ leigeil le luchd-ionnsachaidh airgead, agus a’ phàirt a chluichear leis, a thuigsinn san t-saoghal a tha timcheall orra, fhad ’s a thathar a’ dèanamh cinnteach gu bheilear a’ coileanadh feumalachdan an luchd-ionnsachaidh tro an com-pàirteachadh anns na h-eòlasan is builean a gheibhear ann an tràth-ìre.

Tha iomadh dòigh anns am faodar airgead a ghabhail a-steach air feadh nan àitichean-ionnsachaidh. Gheibhear gu h-ìosal beagan eisimpleirean air a mar a ghabhas seo a dhèanamh.²

Àrainnean riochd-chluiche – cuir air dòigh diofar sheòrsaichean bhùithtean aig a bheil bathar ri reic. Dh'fhaodadh seo gabhail a-steach mòr-mhargaidhean, bùithtean goireasach nas lugha, bancaichean, bùithtean aodaich, bèicearaidhean, gruagairean, cafaidhean agus iomadh bùth eile.

Thoir dhaibh nithean a bhios gan cuideachadh le riochd-chluiche, leithid bagaichean-giùlain a ghabhas ath-chleachdadh, basgaidean-bùtha, sgeilpichean far an gabh nithean a stòradh, leubailean prise, tileachan dèideagach no fiù 's tileachan a thàinig bho bhùth fhìor, agus bràistean-ainm.

Taisbean soidhnichean a tha ceangailte ri airgead m.e. pàighidhean gun cho-thadhal, VISA, Apple Pay msaa.




Solaraich caochladh de chairtean-banca, cairtean-bùtha, bileagan-teist agus cùponan airson airgead dheth.



Dèan cinnteach gu bheil caochladh de bhuinn rim faotainn. Dh'fhaodadh na buinn seo a bhith fìor, plastaig, nan dìosgan fiodha no measgachadh de gach seòrsa.

Solaraich catalogan, clàran-bidhe airson grèim-shiubhail agus litreachas eile fìor-bheatha far a bheil luachan-airgid an cois.



Solaraich raon de bhancaichean-airgid, ris an canar uaireannan 'mucagan-airgid'. Dh'fhaodadh bogsaichean-airgid is mion-chisteachan-tasgaidh a bhith rim faotainn cuideachd.

Solaraich cruinneachadh de sporanan is màileidean-pòca a ghabhas dùnadh ann an diofar dhòighean, m.e. siopan, claspan agus studan a dh'fheumar fàsgadh ri chèile.

Dèan cinnteach gu bheil a' solarachadh raon de leabhraichean stòiridh a tha a' dèanamh luaidh air airgead.

Dh'fhaodadh seann leughadairean chairtean, no innealan 'gun cho-thadhal' (*contactless*) a bhith air an solarachadh, no math dh'fhaodte gum bi luchd-ionnsachaidh ag iarraidh feadhainn ùra a dhèanamh dhaibh fhèin.

² Chaidh cuid de na h-ìomhaighean san sgrìobhainn seo a thoirt à <https://pixabay.com/>

Eadar-obrachaidhean – Aon de na dreuchdan aig an neach-chleachdaidh

'S e aon de na dreuchdan aig an neach-chleachdaidh a bhith a' dèanamh a-mach dè b' urrainn don phàiste ionnsachadh bho an ùidhean fhèin, a' cleachdadh eadar-obrachaidhean de dh'àrd-chàileachd. Bu chòir do luchd-cleachdaidh a bhith a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gus an tuigse air airgead a leudachadh tro bhith a' brosnachadh an cuid cruthachalachd is comas-iongnaidh. Tha sgrùdadh-sùla cudromach mar inneal-measaidh, ach tha e cudromach cuideachd a bhith eòlach air cuin a bu choir ceum air ais a ghabhail agus barrachd ùine a thoirt air chor 's gum faod luchd-ionnsachaidh an gnothach a sgrùdadh dhaibh fhèin. Tha e cudromach a bhith mothachail air cuin a tha luchd-ionnsachaidh nas deònaiche a bhith a' faighinn barrachd taice bhon neach-chleachdaidh agus a bhith a' dèiligeadh ri mì-thuigsinn sam bith a dh'fhaodadh dùbhlain adhbharachadh aig ìrean nas anmoiche.

Gabhaidh briathrachas a chleachdadh mar mheadhan cumhachdach airson airgead a theagasg agus a thuigsinn. Nuair a tha iad ag eadar-oibreachadh le luchd-ionnsachaidh, faodaidh luchd-cleachdaidh eisimpleirean a thoirt air mar a chleachdar briathrachas buntainneach ann an co-theacsaichean brioghmhor. Bidh seo a' leigeil le luchd-ionnsachaidh ceanglaichean a dhèanamh eadar na briathran labhairte agus an t-ionnsachadh a tha ceangailte ris. Ma thathar a' cleachdadh briathrachas sa cho-theacsa cheart gu cunbhalach, bidh seo a' toirt taic do thuigse an luchd-chleachdaidh.



Eòlasan is gnàth-chùrsaichean


Tha eòlas air gnìomhachdan a bhios a' tachairt gu làitheil cudromach, gach cuid a-staigh agus a-muigh. Tha e cudromach gu bheil a' tuigsinn aig ìre thràth nan co-theacsaichean anns am bithear a' cleachdadh airgead. Bithear a' rannsachadh raon de dh'eòlasan a dh'fhaodar cleachdadh thairis air an ath ghrunn dhuilleagan.

Riochd-chluiche agus suidheachaidhean fìor-bheatha

Tha e cudromach gu bheil eòlasan air an stiùireadh leis an luchd-ionnsachaidh cho tric 's a ghabhas. Dh'fhaodadh diofar sheòrsaichean de chothroman airson riochd-chluiche a bhith air an cur air dòigh, mar chomharradh air caochladh de shuidheachaidhean fìor-bheatha.

Tha iomadh diofar sheòrsa de bhùth ann a dh'fhaodar cur air bhonn, mar eisimpleir: mòr-mhargaid, bùth bhròg, bùth seudaire, bùth pheataichean, bèicearaidh no rud sam bith eile sam faodadh luchd-ionnsachaidh ùidh a shealltainn no a tha buntainneach ris a' cho-theacsa is àrainneachd ionadail aca. Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh leigeil orra gun robh dreuchdan aca sna bùithtean seo, a' gabhail a-steach luchd-obrach bùtha agus custamairean, ag iomlaid airgead fìor no mas fhìor airson a' bhathair a tha ri fhaotainn. Dh'fhaodadh tileachan, cairtean-banca dèideagach agus, ma tha e comasach, seann innealan gun cho-thadhal a bhith air an cur gu feum taobh a-staigh nan àrainnean seo.

Dh'fhaodadh nithean a bhith air an leubaileadh le tagaichean prìse, agus dh'fheumadh luchd-ionnsachaidh na buinn cheart a thaghadh leis am pàigh iad air an son. Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh a bhith air am brosnachadh gus tagaichean prìse a chruthachadh tro eadar-obrachaidhean cleasail. Airson tòiseachadh, dh'fhaodadh na sùimeannan a bhith air an cumail ris na h-aon uimhirean a gheibhear air buinn choitcheann, m.e. 1sg, 8sg, 2sg, 10sg, 20sg, 50sg, £1 agus £2. Nuair a tha luchd-ionnsachaidh a' dèanamh adhartais, ghabhadh seo a leudachadh gus uimhirean eile a ghabhail a-steach, far am feum iad coimeasgaidhean de bhuinn leis am faod iad pàigheadh airson an nì thaghte suas gu 10sg.



Dh'fhaodadh raon farsaing de dh'àrainnean riochd-chluiche a bhith air an cur air dòigh gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh agus iad a' rannsachadh cleachdadh airgid mar bhun-bheachd. Dh'fhaodadh eisimpleirean a bhith a' gabhail a-steach cafaidhean, taighean-bìdh, ionadan-gàirnealaireachd, taighean-dhealbh, bancaichean, stèiseanan-rèile no sùthan, ach tha iomadh nì eile ann a bhiodh comasach.



Dh'fhaodadh cothroman a bhith air an toirt do luchd-ionnsachaidh gus tadhal a dhèanamh air bùithtean ionadail gus nithean a cheannach le airgead fìor. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach tàthchuidean airson còcaireachd, ag ullachadh grèim-bìdh no a' ceannach ghoireasan beag-chosgais a dh'fheumar san t-suidheachadh.

Mar chothrom eile airson ceanglaichean a dhèanamh ri suidheachaidhean fìor-bheatha far a bheil a' dèiligeadh ri airgead, dh'fhaodadh cothroman a bhith air an toirt do luchd-

ionnsachaidh gus am beachdan fhèin a thoirt seachad nuair a thathar a' dèanamh cho-dhùnaidhean a thaobh dè na nithean a bhithear a' ceannach airson an t-suidheachaidh. Gabhaidh coluadar air cosgais nithean a chleachdadh mar dheagh chothrom gus briathrachas airgid a rannsachadh, leithid 'tuilleadh', 'daor', 'saor', a bharrachd air tòiseachadh le bhith a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gus an diofar eadar feumalachdan agus iarrtasan a thuigsinn.

Dh'fhaodadh cuid de dh'ionadan pàirt a ghabhail ann a bhith a' togail airgid agus tachartasan tionnsgain, leithid fèilltean-reic sgoile no cruinneachaidhean carthannais air feadh na bliadhna. Dh'fhaodadh seo cothroman a thoirt do luchd-ionnsachaidh a bhith an sàs ann an togail airgid agus eòlas fhaighinn air reic nithean airson airgead. Dh'fhaodadh iad cuideachadh gus tabhartasan airgid a thional no na tabhartasan eagrachadh ann an cnapan de bhuinn den aon seòrsa. Aig an ìre seo, chan eilear an dùil gum biodh luchd-ionnsachaidh a' cunntadh airgead gu pongail, ach dh'fhaodadh e a bhith na bhuannachd nan robh iad a' gabhail pàirt sa phròiseas ann an dòigh air choreigin. Bidh seo a' leigeil le luchd-ionnsachaidh a bhith a' làimhseachadh airgead airson adhbhar sònraichte agus mar thoradh air sin bidh am bun-bheachd nas susbaintich dhaibh agus cha bhi e cho eas-chruthach.

Buinn ro-airgeadach

Mus tòisichear air buinn a chleachdadh gu foirmeil, dh'fhaodamaid beachdachadh air tòiseachadh le 'buinn ro-airgeadach' (*pre-money coins*).³ 'S iad seo tòcanan a tha a' cleachdadh dotagan, an àite àireamhan, gus an luach aca a chomharrachadh. Faodaidh am modh-obrach seo cuideachadh le bhith a' leasachadh sgilean grad-chunntadh, ris an canar 'subitising'.



Faodaidh buinn ro-airgeadach dèiligeadh ri feadhainn de na mì-thuigsean a dh'fhaodas tighinn am bàrr. Tha e na dhùbhlán dha feadhainn de luchd-ionnsachaidh a bhith a' tuigsinn nach bi meud na cùinne a' riochdachadh an luach aice. Mar eisimpleir, tha bonn dà sgillinn nas motha na bonn aon sgillinn agus tha luach nas motha aige, ach tha am bonn dà sgillinn cuideachd nas motha na am bonn còig sgillinn ged a tha an luach aige nas lugha. Aig an toiseach, ma tha sinn a' cleachdadh nan tòcanan seo gus airgead a chomharrachadh, bidh sin a' leigeil leinn a bhith a' bruidhinn mu dheidhinn àireamh de dhotagan, a b' urrainn don neach-ionnsachaidh fhaicinn agus a chunntadh, an àite uimhir de sgillinn, a bhios gu math eas-chruthach mar bheachd-smuain aig an ìre seo.

Bu chòir gu bheil na tòcanan no cunntairean uile den aon mheud is dath, air chor 's gur e an aon dòigh sam bi fhios air luach an tòcain a bhith a' cunntadh na h-àireimh de dhotagan a tha air. Bu chòir na dotagan a bhith air aon taobh a-mhàin gus mì-chinnt sam bith a sheachnadh.

Aig an toiseach, dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh beagan ùine a chur seachad a' roghnachadh tòcanan agus a' cunntadh luach nan dotagan. Dh'fhaodadh dùbhlán a thoirt dha feadhainn den luchd-ionnsachaidh a bhith a' coimeasgadh tòcanan agus a' cunntadh luach iomlan nan dotagan.

³ [Duilgheadasan Airgid? \(maths.org\)](https://www.maths.org/)



Dh'fhaodadh adhartas a bhith air a dhèanamh air seo le bhith ag iomlaid tòcanan airson nithean eile a chaidh a leubaileadh.



Le misneachd a' fàs, gabhaidh na nithean agus tòcanan a chleachdadh ann an suidheachaidhean far am feumar iomlaid ('seinnsè') a thoirt seachad.

Facal-toisich air buinn

An toiseach, faodaidh sinn cothroman a thoirt do luchd-ionnsachaidh a bhith a' fàs eòlach air diofar sheòrsaichean de bhuinn mus cuir sinn luach air gach bonn. Gheibhear gu h-ìosal grunn eisimpleirean air mar a dh'fhaodas luchd-ionnsachaidh diofar bhuinn a rannsachadh.

Dèan flip de bhonn gus do chuideachadh le bhith a' dèanamh co-dhùnadh.

Cleachd glainneachan-meudachaidh gus mion-sgrùdadh a dhèanamh air buinn.

Adhlaic buinn sa ghainmhich no san eabar agus iarr air luchd-ionnsachaidh 'ionmhas' a lorg.


Dè tha thu a' mothachadh?

Cruthaich pàtranan le bhith a' cleachdadh bhonn.



Dè tha thu a' saoilsinn?

Dèan tùir no torran de bhuinn.



Cruthaich suathaidhean de bhuinn.



Ag aithneachadh agus a' dearbh-aithneachadh bhonn

Ro dheireadh na tràth-ìre, bu chòir gu bheil luchd-ionnsachaidh comasach air a h-uile bonn suas gu £2 a dhearbhadh aithneachadh. Bu chòir buinn a thoirt a-steach mean air mhean, agus bidh an luaths leis an tachair sin ag atharrachadh a rèir an luchd-ionnsachaidh leis a bheil thu ag obair. Gabhaidh na gnìomhachdan a leanas a chleachdadh leis a h-uile bonn suas gu £2, ach gabhaidh am freagarrachadh airson nam bonn sònraichte air am bi thu ag iarraidh fòcas a chur còmhla ris an luchd-ionnsachaidh agad fhèin.

An urrainn dhut a lorg?

Nochd bonn do luchd-ionnsachaidh agus iarr orra an t-aon bhonn a lorg ann an sloc-gainmhich no ann an àrainn eabair.

Dè am bonn a tha seo?

An urrainn dhut bonn a lorg aig a bheil luach nas motha/nas lugha?

Dh'fhaodadh seo a bhith air fhreagarrachadh le bhith a' tilgeil dìsinn air a bheil buinn air gach taobh dhith no le bhith a' cur car de chuibheall-shnìomha a tha a' tomhadh ri diofar bhuinn.

Dè am bonn a th' agam?

Tagh bonn à бага, ach na leig leis an luchd-ionnsachaidh am bonn fhaicinn. Thoir faisneis mu dheidhinn, mean air mhean. M.e. 'Tha am bonn agam donn.' 'Tha am bonn agam nas motha na bonn aon sgillinn.'

Dè am bonn a tha seo?

An urrainn dhut bonn a lorg aig a bheil luach nas motha/nas lugha?


Dh'fhaodadh crogan beag de bhuinn a bhith air a thoirt do luchd-ionnsachaidh, agus dh'fhaodadh iad am bonn a tha iad den bheachd a chaidh a thaghadh a thogail suas.

Dè tha e a' cosg?

Cuir air dòigh bùth mas fhìor le nithean ann a tha air an leubaileadh. Faodaidh luchd-ionnsachaidh airgead a chleachdadh às an sporan/crogan aca gus nithean a cheannach.

Airson tòiseachadh, cùm na h-sùimeannan co-ionann ris na buinn choitcheann, m.e. 1sg, 2sg, 5sg, 10sg, 20sg, 50sg, £1 agus £2. Nuair a tha luchd-ionnsachaidh air adhartas a dhèanamh, ghabhadh seo a leudachadh gus sùimeannan a thoirt a-steach far am bi feum aca air coimeasgaidhean de bhuinn gus pàigheadh airson an nì thaghte.

Buinn air loidhne-àireamhan



Dh'fhaodadh buinn a bhith air an cur air loidhne-àireamhan. Dh'fhaodadh ceistean a bhith air an cur, leithid 'Dè tha thu a' mothachadh?', 'Saoil carson nach eil buinn ann airson a h-uile àireimh?' agus 'Saoil an urrainn dhuinn sùimeannan eile a dhèanamh le bhith a' cleachdadh nam bonn seo?'

Sealg air a' bhlàr a-muigh


Cuir buinn air falach san àrainn a-muigh agus thoir crogan falamh do gach dithis luchd-ionnsachaidh. Cuir romhpa dùbhlain leithid:

- Lorgaibh aon de gach bonn.
- Lorgaibh trì buinn 1sg agus ceithir buinn 5sg.
- Lorgaibh trì diofar sheòrsaichean de bhuinn-airgid.

Dh'fhaodadh cairtean a bhith air an toirt do luchd-ionnsachaidh gus ìomhaigh a thoirt dhaibh air an dùbhlain a tha romhpa.

A' maidseadh nam bonn

Faodaidh luchd-ionnsachaidh bonn a thaghadh à sporan/crogan agus a chur gu ceart san earrainn leubailichte de bhogsa-uisgean no treidhe muffins.



Co-ionann/Eadar-dhealaichte

Tagh 2 bhonn às agus faighnich de luchd-ionnsachaidh:

- Saoil dè tha co-ionann.
- Saoil dè tha eadar-dhealaichte.

Seòrsachadh nam bonn-airgid

Thoir dòrlach de bhuinn-airgid don luchd-ionnsachaidh.

- Ciamar a chuireas sinn iad seo air dòigh a rèir gach seòrsa?
- A bheil dòigh sam bith eile ann sam b' urrainn dhuinn an cur air dòigh a rèir an seòrsa?


⁴ Chaidh ìomhaighean de bhuinn a tha a' nochdadh air feadh na sgrìobhainne seo, a thoirt bho <https://mathsbot.com>.

Roiligeadh nam bonn

Bidh gach cluicheadair a' roghnachadh dòrlach de bhuinn
(feumaidh an aon uimhir de bhuinn a bhith aig gach cluicheadair)
agus gan cur air duilleag

pàipeir. Bidh iad mu seach a’ tilgeil dìsinn air a bheil uimhreachan airgid. Ma tha an àireamh a tha iad a’ faighinn air a’ phìos pàipeir aca, faodaidh iad am bonn sin a thoirt air falbh. ‘S e an neach-buannachaidh a’ chiad neach aig a bheil pàipear gun bhuinn.

Ghabhadh cuibheall-shnìomha a chleachdadh an àite dìsinn. Dh'fhaodadh a' chuibheall-shnìomha no an dìsinn a bhith air a sgeadachadh le buinn a tha a' freagairt ris na buinn air am bi thu a' fòcasachadh leis an luchd-ionnsachaidh agad fhèin.



Cur-ris agus toirt-air-falbh le airgead

Tuairmseachadh

- Lìon crogan beag le sgillinnean agus thoir dùbhlann don chloinn tuairmse a thoirt air cia mheud a th' ann. Iarr orra cunntadh gus an gnothach a dhearbhadh.
- Thoir tuairmse air cia mheud airgead a tha san tile agus an uair sin cunnt gus an gnothach a dhearbhadh.
- Faigh dòrlach de sgillinnean, thoir tuairmse air cia mheud airgead a tha nad làimh agus an uair sin cunnt gus an gnothach a dhearbhadh.



Àm grèim-bìdh




Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh buinn a' chleachdadh gus 'pàigheadh' a dhèanamh airson an grèim-bìdh gach latha. Dh'fhaodadh a' phrìs airson gach greim-bìdh a bhith air a thaisbeanadh agus feumaidh luchd-ionnsachaidh an sgillinn cheart a thaghadh gus pàigheadh a dhèanamh air a shon.





An urrainn dhut buinn
diofaraichte a
chleachdadh gus an aon
sùim a dhèanamh?



Mar dhùbhlán a bharrachd, dh'fhaodadh gach neach-ionnsachaidh a bhith air a sholarachadh le sùim shònraichte, m.e. còig sgillinn, deich sgillinn, bonn deich sgillinn, msaa, agus feumaidh iad obrachadh a-mach dè an iomlaid a bu chòir dhaibh fhaighinn air ais.



Saoil cia mheud dòigh anns am faod sinn deich sgillinn a dhèanamh?



Cia mheud bonn-airgid?

Ullaich бага mòr a th' air a lìonadh le measgachadh de bhuinn a tha freagarrach ris a' phuing air am bi thu ag iarraidh cuideam a chur.

Dh'fhaodadh aon neach-ionnsachaidh dòrlach de bhuinn a thogail às a' bhaga agus picteagram a chruthachadh leis na buinn a thug e a-mach.

Dè tha thu a' saòilsinn?



Dh'fhaodadh am pròiseas seo a bhith air ath-dhèanamh dàrna turas agus a thaisbeanadh ri taobh a' chiad phicteagram.

'Saoil dè tha diofaraichte an turas seo?'

Sgeulan, rannan agus òrain

Ann an tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne (ELC) agus tràth sa bhun-sgoil, tha fhios againn gum bi sgeulan, rannan is òrain a' ceangal clann òg ri iomadh taobh de dh'ionnsachadh is leasachadh tro cho-theacsaichean ioma-dhòigheach, brìghmhor agus beartach. Bidh na faclan is ruitheaman a' toirt dòigh spòrsail is chruthachail gus àireamhan is pròiseasan àireamhail a rannsachadh fhad 's a thathar a' leasachadh briathrachas ceangailte. Le bhith gan ùisneachadh ann an cleachdadh, bithear a' meudachadh gluasad, co-òrdanachadh agus briathrachas suidheachail, a bharrachd air a bhith a' cuideachadh tràth-thuigse àireamhan. Tha ar n-eanchainnean buailteach a bhith a' freagairt ri sgeulan, agus faodaidh luchd-ionnsachaidh sgeulan, òrain agus rannan a chleachdadh gus ciall a dhèanamh den t-saoghal. Bidh ath-aithriseachd a' daingneachadh ionnsachadh tro bhith a' brosnachadh dòigh-ghiùlain a' phàiste, a tha gu nàdarra sgeamataigeach.

Tro raon de dh'òrain, sgeulan agus rannan, gach cuid traidiseanta agus ùr-nodha, faodaidh sinn ùidh is comas-iongnaidh an neach-ionnsachaidh a ghlacadh agus an cuideachadh gus cùis-bheachdan eas-chruthach a thuigsinn. Tha iomadh sgeul, rann agus òran ann a bhios a' dèiligeadh ri bun-bheachdan matamataigeil, agus gabhaidh am freagarrachadh no an cleachdadh ann am 'brosnachaidhean' (*provocations*) gus bun-bheachd a mhìneachadh no rannsachadh a chur air dòigh dom feum luchd-ionnsachaidh ceistean fhuasgladh.

Ann an suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh is cùram-chloinne agus tràth sa bhun-sgoil, bithear cheana a' cleachdadh sreath beartach de dh'òrain, sgeulan is rannan airson clann òg.

Tha fhios againn mar-thà gum bi gnìomhachdan, pùpaidean agus oibseactan èifeachdail airson cur an cèill na tha a' tachairt sna sgeulan, rannan is òrain – ach 's fhiach beachdachadh air ciamar a bhios iad seo ag ath-neartachadh bun-bheachd an airgid do chlann òg. Le bhith a' brosnachadh clann òg a bhith cruthachail le sgeulan, òrain agus rannan, gheibh sinn inneal cumhachdach airson beachd-shùil agus measadh a dhèanamh air dè cho math 's a tha iad a' tuigsinn bhun-bheachdan.

Puingean rim beachdachadh:

- Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh a bhith a' creidsinn mar as motha am bonn, gur ann as motha an luach dheth.
- Bidh caochladh de dh'eòlasan air a bhith aig luchd-ionnsachaidh. Airson feadhainn dhiubh, bidh glè bheag de dh'eòlas aca air cleachdadh bhonn-airgid ann am fìor-bheatha. Airson feadhainn, bidh eòlas aca air buill den teaghlach no caraidean aca a' pàigheadh airson nithean le bhith a' cleachdadh dòighean-pàighidh eile gun airgead.

Ceistean Beachdail:

- Dè na dòighean sam faod sinn barrachd chothroman a thabhann gus bun-bheachd an airgid fhisge a-steach san t-suidheachadh againn?

- Ciamar a dh'fhaodas sinn airgead a ghabhail a-steach ann an ùidhean is roghainnean luchd-ionnsachaidh?
- Dè an t-eòlas a tha aig luchd-ionnsachaidh air cleachdadh airgid nuair a thig iad don t-suidheachadh againn? Ciamar a dh'fhaodamaid togail orra seo?

Ceanglaichean tarsainn a' churraicealaim:

Àireamhachd agus Matamataig

- Àireamhan – cur-ris agus toirt-air-falbh suas gu 10.
- Dàta is Anailis – a' tionail, a' seòrsachadh agus a' cruthachadh shuirbhidhean sìmplidh gus co-dhùnaidhean a dhèanamh air ceannach ghoireasan.
- Tuairmseachadh – cia mheud a tha anns gach cruinneachadh de bhuinn-airgid?

Litearrachd agus Gàidhlig

- A' co-phàirtieachadh smuaintean mu dheidhinn airgead tro chluiche mac-meanmnach.
- A' cruthachadh stòiridhean agus caractaran gus an co-roinn ri càch ann an co-theacsaichean cluiche, mac-meanmnach agus fìor-bheatha.

Ealain chruthachail

- Ag innse, tro dhràma, na dh'fhaodadh caractaran ann an suidheachaidhean mac-meanmnach no fìor-bheatha a bhith ag ràdh, a' dèanamh no a' faireachdainn ann an suidheachaidhean far a bheil airgead is ionmhas nan lùib.

Slàinte agus sunnd

- A' co-phàirtieachadh ri càch mu dheidhinn diofar obraichean sa choimhearsnachd.

Eòlas sòisealta

- A' comharrachadh co-dhiù dà sheòrsa de bhùth no seirbheis a dh'fhaodadh teaghaichean a bhith a' cleachdadh, mar eisimpleir, mòr-mhargaid no ionad-slàinte.

Teicneòlas

- Ag aithneachadh diofar sheòrsaichean de theicneòlas didseatach ceangailte ri airgead is ionmhasan.

Ciad Ìre

Tha an clàr gu h-ìosal a’ gabhail a-steach eòlasan is builean ceangailte ri ‘Airgead’ aig a’ chiad ìre. Bu chòir na h-eòlasan is builean a chleachdadh ann am planadh airson ionnsachadh, teagasg agus measadh. Bu chòir a thoirt fa-near gun deach na slatan-tomhais a dhealbhadh gus taic a thoirt do bhreithneachadh phroifeiseanta an tidseir a thaobh dèanamh adhartas fa chomhair ìre agus coileanadh ìre. Feumaidh luchd-ionnsachaidh a bhith air an treòrachadh tro raon de dhiofar eòlasan mus tèid aca air na builean seo a choileanadh.

Eòlasan is Builean	Slatan-tomhais
Is urrainn dhomh airgead a chleachdadh gus pàigheadh a dhèanamh airson nithean, agus is urrainn dhomh obrachadh a-mach cia mhead iomlaid (‘seinse’) a bu chòir dhomh fhaighinn air ais. MNU 1-09a Tha mi air rannsachadh a dhèanamh air mar a dh’fhaodas diofar cho-mheasgaidhean de bhuinn-airgid is notaichean a chleachdadh gus pàigheadh a dhèanamh airson bathar no toirt air ais ann an iomlaid. MNU 1-09b	• A’ comharrachadh agus a’ cleachdadh nam bonn-airgid is notaichean uile suas gu £20 agus a’ rannsachadh diofar dhòighean airson an t-aon iomlan a dhèanamh. • A’ clàradh shùimeannan gu pongail ann an diofar dhòighean, a’ cleachdadh a’ chomharraidh cheirt, mar eisimpleir, 149sg = £1.49 agus 7sg = £0.07. • A’ cleachdadh caochladh de cho-mheasgaidhean de bhuinn-airgid is notaichean, gus pàigheadh a dhèanamh airson nithean agus iomlaid a thoirt air ais fo £10. • A’ cur an gnìomh sgilean àireamhachd ceangailte ri sgiobaltachd inntinne gus an t-iomlan obrachadh a-mach airson na chaidh a chosg ann am bùth, agus comasach air iomlaid (‘seinse’) obrachadh a-mach. • A’ nochdadh mothachadh air mar a thathar a’ pàigheadh airson bathar a’ cleachdadh chairtean agus teicneòlas didseatach.

Dòighean-obrach èifeachdach airson ionnsachadh agus teagasg

Buinn-airgid agus notaichean

Tha e cudromach gu bheil a’ sìor-thoirt raon de chothroman do luchd-ionnsachaidh gus rannsachadh agus sgrùdadh a dhèanamh air na diofar sheòrsaichean de bhuinn-airgid agus notaichean. Air duilleagan 10 gu 14 den sgrìobhainnn seo (tràth-ìre) gheibhear raon de ghnìomhachdan a dh’fhaodadh a bhith taiceil airson aithneachadh nam bonn-airgid. Rachadh aig cuid de na gnìomhachdan seo a leudachadh gus rannsachadh a dhèanamh air na notaichean a thathar a’ toirt a-steach aig a’ chiad ìre.

Tha e cudromach gu bheil luchd-ionnsachaidh a’ leasachadh tuigse gu bheil 100 sgillinn co-ionann ri £1. Dh’fhaodadh feadhainn den luchd-ionnsachaidh a bhith a’ creidsinn gu bheil 100 sgillinn nas motha na £1, agus mar sin dh’fhaodadh e a bhith doirbh dhaibh co-dhàimh a dhèanamh eadar an dà uimhir. Ma thathar a’ toirt mòran chothroman airson sgillinnean iomlaid airson uimhreachan eile, faodaidh seo a bhith taiceil ris an tuigse air seo.

Dh’fhaodadh seo a leudachadh nas fharsainge.

- Cia mhead bonn dà sgillinn a tha a’ dèanamh 20sg?
- Cia mhead bonn fichead sgillinn a tha a’ dèanamh £1?
- Cia mhead bonn leth-cheud sgillinn a tha a’ dèanamh £1?

Tha e cudromach a bhith a' sealltainn dhaibh mar a nithear cunntadh nuair a thathar a' cunntadh nam bonn-airgid, agus dh'fhaodadh e a bhith na bhuannachd a bhith a' toirt mòran chothroman de 'skip counting' do luchd-ionnsachaidh. Tha an comas a bhith a' cunntadh gach dàrna, còigeamh no deicheamh àireamh na sgil feumail agus na ro-ghoireas airson luchd-ionnsachaidh nuair a tha iad a' cunntadh airgead.

Air an ath ghrunn duilleagan, gheibhear eisimpleirean a bharrachd de dh'eòlasan a dh'fhaodadh a bhith taiceil do luchd-ionnsachaidh gus diofar bhuinn-airgid aithneachadh agus rannsachadh a dhèanamh air na dòighean eadar-dhealaichte san gabh sùimeannan sònraichte a dhèanamh. Gabhaidh na gnìomhachdan seo a fhreagarrachadh gus feuman gach neach-ionnsachaidh a choileanadh. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh feadhainn den luchd-ionnsachaidh a bhith ag obair le uimhreachan suas gu £5 agus dh'fhaodadh cuid a bhith ag obair le uimhreachan nas lugha no nas motha na sin.

Co-choltasan agus eadar-dhealachaidhean

Seall air na buinn-airgid is notaichean uile suas gu £20. Dèan sgrùdadh air dè na co-choltasan agus dè na h-eadar-dhealachaidhean eatarra. Ghabhadh seo a fhreagarrachadh gus fòcas a chur air dìreach dà no trì buinn-airgid no notaichean aig an àm.

<i>Co-choltasan</i>	<i>Eadar-dhealachaidhean</i>


An luach as lugha dhan luach as motha

Thoir aon de gach bonn-airgid no nota (is dòcha de dh'airgead mas fhìor, a-nis 's gu bheil an luach air a dhol am meud) do luchd-ionnsachaidh. Cuir iad seo ann an òrdugh bhon fhear as lugha chun an fhir as motha.

Tagh grunnan de bhuinn-airgid no notaichean air thuaiream à бага. Cuir na h-uimhreachan taghte ann an òrdugh bhon luach as lugha dhan luach as motha.

Buinn-airgid agus notaichean

Dèan an t-sùim seo a' cleachdadh na h-àireimh as lugha de notaichean is buinn-airgid.

£13.48	
	

Cia mheud bonn-airgid?


Dh'fhaodadh sampall de chlàr-bìdh no catalog a bhith air a thoirt do luchd-ionnsachaidh agus iarraidh orra na notaichean is buinn-airgid a thaghadh a dh'fhaodadh iad cleachdadh airson seo a cheannach.

- Dè an àireamh as lugha de bhuinn-airgid is notaichean a dh'fhaodadh tu cleachdadh nan robh thu a' pàigheadh air a shon?
- Dè na coimeasgaidhean eile de notaichean is buinn-airgid a dh'fhaodadh tu cleachdadh?

Ghabhadh seo a leudachadh le bhith ag iarraidh air luchd-ionnsachaidh iomadh nì a phàigheadh.

Cia mheud dòigh?

Thoir cothroman do luchd-ionnsachaidh gus rannsachadh a dhèanamh air diofar dhòighean sam faodar sùim àraid de dh'airgead a dhèanamh suas.



Ceistean a dh'fhaodas tuilleadh rannsachaidh a bhrosnachadh.

- Dè na dòighean eile san rachadh an t-sùim seo a dhèanamh suas?
- Ciamar a b' urrainn dhuinn an t-sùim seo a dhèanamh le bhith a' cleachdadh na h-àireimh as lugha de bhuinn-airgid is notaichean?
- An urrainn dhuinn an t-sùim seo a dhèanamh le bhith a' cleachdadh dìreach ceithir (no àireamh sam bith eile a thathar ag iarraidh a chur na h-àite) buinn-airgid no notaichean?

A' maidseadh luachan airgid

Dh'fhaodadh luachan airgeadach a bhith air an sgrìobhadh ann an cupannan pàipeir no ann an cèisean cèicean-cuachaige, agus dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh na buinn-airgid is notaichean cearta a chur annta.



'S fhiach ùine a chaitheamh rè nan gnìomhachdan den t-seòrsa seo a' còmhraidh air na diofar dhòighean san gabh na buinn-airgid is notaichean a chunntadh.

- Ciamar an do chunnt thu iad?
- Am bu chòir dhuinn tòiseachadh leis na luachan as motha no na luachan as lugha?
- Cò na dòighean-cunntaidh a bha nas fhasa dhut?
- Dè na dòighean eile sam b' urrainn dhuinn an t-sùim iomlan de notaichean is buinn-airgid a chunntadh?

Dè dh'fhaodadh e a bhith?

Dh'fhaodadh aithrisean a bhith air an toirt do luchd-ionnsachaidh agus iarraidh orra a bhith ag obrachadh a-mach an coimeasgadh comasach de notaichean is buinn-airgid.

Tha 5 buinn-airgid nam phòcaid. Cia mheud airgead a dh'fhaodadh a bhith agam?



Tha 2 not agus 2 bhonn-airgid nam phòcaid. Cia mheud airgead a dh'fhaodadh a bhith agam?

Tha aon not agus 3 buinn-airgid nam phòcaid. Cia mheud airgead a dh'fhaodadh a bhith agam?



Tha 2 bhonn-airgid airgeadach agam agus tha 2 bhonn-airgid ruadh agam. Cia mheud airgead a dh'fhaodadh a bhith agam?

Dè an t-sùim a bu mhotha/a bu lugha a dh'fhaodadh a bhith agam anns gach fear de na suidheachaidhean seo?

Maidsean-loiliopop

Sgrìobh sùimeannan airgeadach air maidsean-loiliopop agus iarr air luchd-ionnsachaidh an coimeasgadh ceart de notaichean is buinn-airgid a steigeadh ris a' mhaidse le bhith a' cleachdadh taca steigeach.



An urrainn dhuinn coimeasgadh eadar-dhealaichte de notaichean is/no buinn-airgid a chleachdadh?

Briathrachas agus comharradh airgid

Faodar luachan airgeadach a sgrìobhadh no a labhairt ann an dòighean eadar-dhealaichte, agus 's fhiach beagan ùine a chaitheamh gus beachdachadh air a' bhriathrachas eadar-dhealaichte a dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh a bhith air chluinntinn no air fhaicinn. Gheibhear beagan eisimpleirean gu h-ìosal, ach gheibhear fad a bharrachd cuideachd. Dh'fhaodadh cuid dhiubh a bhith a rèir dual-chainnt na sgìre ionadail no an dòigh sam bi diofar theaghlaidhean a' bruidhinn mu dheidhinn airgid.

Tha e cudromach gu bheil sinn a' teagasg gu soilleir mar a thathar a' clàradh shùimeannan gu ceart ann an diofar dhòighean, a' cleachdadh na dòigh-comharraidh ceirte. Tha gnìomhachdan maidsidh feumail airson cuideam a chur air na diofar dhòighean-comharraidh. Dh'fhaodadh seo a bhith tro mhaidseadh phaidhrichean, snap, lotto no gnìomhachdan maidsidh eile.

ochd not
agus seachd
bonn deug

deich not

sia not
agus sia
bonn

£0.07

trì not dà
fhichead
's a còig

£6.06

£3.45

£10

seachd bonn

£10.00

7sg

Cò dhiubh seo aig a bheil an t-aon luach?

£8.17

Bhon luach as lugha dhan luach as motha

Dh'fhaodadh cothroman a bhith air an toirt do luchd-ionnsachaidh gus barrachd rannsachaidh a dhèanamh air dòigh-comharraidh agus sùimeannan a chur an òrdugh bhon luach as lugha chun an luach as motha. Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh ceangal a dhèanamh eadar an dòigh-comharraidh sgrìobhte agus an t-airgead fhèin agus an uair sin adhartas a dhèanamh gu bhith a' cleachdadh na dòigh-comharraidh a-mhàin.



Faodaidh e cuideachd a bhith na bhuannachd leigeil le luchd-ionnsachaidh beagan ùine a chaitheamh gus an samhla '£' a rannsachadh agus fàs cleachdte ga sgrìobhadh.

Thoir dòrlach de bhuinn-airgid. Sgrìobh an t-sùm iomlan ann an co-dhiù dà dhiofar dhòigh.



£6.07

NO

607sg


'S fhiach a thoirt fa-near gur e mearachd a th' ann a bhith a' clàradh airgead sa chruth £6.07p. Bu chòir gu bheil airgead air a chlàradh an dara cuid ann an notaichean no ann an sgillinnean.

Uaireannan, bidh 'luach a rèir àite' dùbhlach do luchd-ionnsachaidh a thuigsinn. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh iad sia not agus seachd sgillinn a chlàradh mar £6.70. Far a bheil seo a' tachairt, is math dèiligeadh ris le bhith a' riochdachadh nan sùimeannan le nithean sònraichte

no le dealbhan. Tha an eisimpleir gu h-ìosal a' sealltainn aon dòigh anns nach fhaodadh na sùimeannan a bhith a' nochdadh cho eas-chruthach.

Seall an dà dhiofar shùim do luchd-ionnsachaidh, m.e. £6.07 agus £6.70. Faighnich dhaibh:

- Dè na co-choltasan?
- Dè na h-eadar-dhealachaidhean?
- Sgrìobh sìos na sùimeannan. Dè tha thu a' mothachadh?



Ghabhadh seo a dhèanamh a-rithist le seòrsaichean co-choltach eile de luachan airgid, m.e.

- £9.90 agus £9.09
- £7.70 agus £7.07

Tha e cudromach cuideachd a bhith a' cur cuideam air briathrachas airgid. Mar eisimpleir, bu chòir gu bheillear a' bruidhinn mu dheidhinn £5.95 mar 'còig not naochad 's a còig' ('còig not ceithir fichead 's a còig-deug) no 'còig not agus naochad 's a còig sgillinn' ('còig not agus ceithir fichead 's a còig-deug sgillinn). Ged a bhios feadhainn ag ràdh 'còig naochad 's a còig', 's fhiach a bhith a' seachnadh seo a chionn 's nach bi an cruth seo a' cuideachadh le tuigse air notaichean is sgillinnean.

Tha e cudromach cuideachd a bhith ag aithneachadh gum faod an co-theacsa airson cleachdadh airgid agus am briathrachas a tha ceangailte ri airgead mì-thuigse adhbharachadh a thaobh luach ionad deiceach. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh gum broснаich am briathar 'còig, naochad 's a còig' luchd-ionnsachaidh a bhith a' tuigsinn nan didseatan às dèidh na puinge deichich mar àireamhan iomlan, nuair a tha iad dha-rìreabh nan deicheamhan agus nan ceudamhan de aon not. Bu chòir gu bheillear a' cur cuideam air sgillinnean mar phàirt de not, oir bidh seo a' lùghdachadh nam mì-thuigsean a dh'fhaodadh èirigh a thaobh luach an àite deichich nuair a thathar ga thoirt a-steach aig dàrna ìre.


Obrachaidhean a-mach le airgead

Ann an cuid de na gnìomhachdan a rinneadh ron seo, bidh luchd-ionnsachaidh air obrachaidhean a-mach a dhèanamh far an robh iad a' cur ris gus na sùimeannan riatanach a dhèanamh. Bu chòir gu bheillear a' leudachadh seo gus an dà chuid cur-ris agus toirt-air-falbh a chleachdadh gus an t-sùim iomlan obrachadh a-mach, agus na diofaran eadar sùimeannan, agus gus obrachadh a-mach dè gheibhear mar iomlaid cheart ann an caochladh de shuidheachaidhean sònraichte. Tha e cudromach beagan ùine a chaitheamh a' còmhradh air na ro-innleachdan a bhios luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh agus an ceangal gu dlùth ris na sgilean àireamhachd a tha iad a' leasachadh cuideachd. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air ro-innleachdan airson cur-ris agus toirt-air-falbh sa ghoireas ionnsachadh proifeiseanta [Àireamh agus Pròiseasan Àireamhail](#). Thairis air na h-ath ghrunn duilleagan, gheibhear eisimpleirean de ghnìomhachdan sam bithear a' dèanamh obrachaidhean a-mach, còmhla ri ro-innleachdan a

dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh a chleachdadh, le taic bhuainne.

Griogagan air sreang

Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh griogagan air sreang (*bead strings*), le ceud cneap no griogag, a chleachdadh gus aon not a riochdachadh. Bhiodh gach cneap no griogag a' riochdachadh aon sgillinn. Faodaidh gnìomhachd den t-seòrsa seo a bhith a' cuideachadh le leasachadh nam bannan àireamhan suas gu 100. Faodaidh e luchd-ionnsachaidh a chuideachadh a bhith a' tuigsinn gun tèid iomlaid obrachadh a-mach gach cuid le cunntadh air adhart agus le toirt air falbh. Mus gluais iad air adhart ri obrachadh a-mach iomlaid, dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh fàs cleachdte ri bhith a' dèanamh diofar shùimeannan le bhith a' cleachdadh car chneap. Tha an eisimpleir gu h-ìosal a' taisbeanadh 45sg.



Seall dhomh
45sg.


Tha £1 agam agus
tha mi a' cosg 72sg.
Cia mheud a gheibh
mi ann an iomlaid?

Tha £1 agad agus bu mhath leat peansail a
cheannach, a tha a' cosg 39sg, agus geuraiche, a
tha a' cosg 56sg. A bheil gu leòr de dh'airgead
agad? Cleachd na griogagan gus do smaintinn a
shealltainn.

Ma thathar ag iarraidh air an neach-ionnsachaidh an iomlaid bho £1 obrachadh a-mach ma chosgais iad 45sg, dh'fhaodadh iad an dà chuid cunntadh air adhart suas gu 100 bho 45 no dh'fhaodadh iad cunntadh 45 air ais bho 100. Tha e cudromach a bhith a' gabhail ùine gus sgrùdadh a dhèanamh air an dà mhodh-obrach.

Iomlaid bho £1

Gabhaidh frèamaichean de 100 griogag a chleachdadh gus iomlaid bho £1 obrachadh a-mach.



Ma chosgais mi 63sg, cia mheud a gheibh mi ann an
iomlaid?

Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh 63 a dhèanamh air an
fhrèam-ghriogagan agus an uair sin cunntadh cia
mheud griogag a tha air fhàgail.

Faodar ceàrnag de cheud aonad a chleachdadh gus iomlaid bho £1 obrachadh a-mach. Dh'fhaodadh luchd ionnsachaidh an t-sùm shònraichte a chòmhdachadh agus cunntadh cia mheud ceàrnag a tha air fhàgail. Faodaidh ceàrnagan de cheud aonad cothroman a thoirt seachad gus cunntadh air adhart agus cunntadh a ais gus iomlaid bho £1 obrachadh a-mach.

1	2	3	4	5	6	7	8	9	10
11	12	13	14	15	16	17	18	19	20
21	22	23	24	25	26	27	28	29	30
31	32	33	34	35	36	37	38	39	40
41	42	43	44	45	46	47	48	49	50
51	52	53	54	55	56	57	58	59	60
61	62	63	64	65	66	67	68	69	70
71	72	73	74	75	76	77	78	79	80
81	82	83	84	85	86	87	88	89	90
91	92	93	94	95	96	97	98	99	100

cunntadh air adhart

Ma chosgais mi
45sg, cia mheud
a gheibh mi ann
an iomlaid?

1	2	3	4	5	6	7	8	9	10
11	12	13	14	15	16	17	18	19	20
21	22	23	24	25	26	27	28	29	30
31	32	33	34	35	36	37	38	39	40
41	42	43	44	45	46	47	48	49	50
51	52	53	54	55	56	57	58	59	60
61	62	63	64	65	66	67	68	69	70
71	72	73	74	75	76	77	78	79	80
81	82	83	84	85	86	87	88	89	90
91	92	93	94	95	96	97	98	99	100


cunntadh air ais

Modail Bhàraichean

Faodaidh modail bhàraichean luchd-ionnsachaidh a chuideachadh gus an ceangal eadar cur-ris is toirt-air-falbh a rannsachadh nuair a thathar ag obair le airgead. Aig an toiseach, faodaidh iad buinn-airgid is notaichean a chleachdadh agus, nuair a tha iad deiseil, faodaidh iad gluasad air adhart gu dòigh-chomharraidh fhoirmeil.




$$\begin{aligned}16\text{sg} + 28\text{sg} &= 44\text{sg} \\28\text{sg} + 16\text{sg} &= 44\text{sg} \\44\text{sg} - 16\text{sg} &= 28\text{sg} \\44\text{sg} - 28\text{sg} &= 16\text{sg}\end{aligned}$$



Loidhne-àireamhan


Faodaidh loidhne-àireamhan luchd-ionnsachaidh a chuideachadh gus obrachaidhean a-mach le airgead a dhèanamh. A-rithist, tha e cudromach gum faigh iad cothroman a bhith a' cunntadh air adhart agus a' cunntadh air ais le bhith a' cleachdadh na loidhne-àireamhan.



a' cunntadh air ais

Bha 44sg agam agus chosg mi 16sg. Cia mheud a tha agam a-nis?

a' cunntadh air adhart



Gnìomhachdan airgid eile a dh'fhaodar dèanamh

Cia mheud a bharrachd a dh'fheumas mi?

A' dol air ais do na h-eisimpleirean de chlàran-bìdh is catalogan, dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh cuid de na gnìomhachdan a leanas a ghabhail os làimh.

Tagh 2 nì. Dè chosgas iad seo? Cia mheud a gheibheadh tu ann an iomlaid nan toireadh tu seachad £7.50?

Tha £10 agad. Dè na nithean a ruigeadh tu air ceannach?

Tha £5 agad. Tagh aon de na nithean seo agus obraich a-mach cia mheud a gheibheadh tu ann an iomlaid.


Dè an diofar ann am prìs eadar an nì as daoire agus an nì as saoire?

Seall an iomlaid seo san àireamh as lugha a ghabhas de bhuinn-airgid.

Tha a h-uile nì aig leth-phrìs san fhèill. Dè chosgas na nithean taghte agad a-nis?

Cùm d' airgead

Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh a bhith ag obair mar dhithis no ann am buidhnean beaga. Tha gach neach a' tòiseachadh le sùim àraid, m.e. £20 no £10. Tha gach cluicheadair mu seach a' cur na cuibhle-snìomha airgid mun cuairt agus feumar am bonn air a bheil a' chuibheall-shnìomha a' stad a thoirt air falbh bhon iomlan aca. 'S e a' chiad neach a ruigeas neoni a bhuannaicheas.



Ghabhadh an geama seo a chluiche turach air thearach cuideachd. Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh tòiseachadh le neoni agus an t-sùim a gheibh iad bho gach turas na cuibhle-snìomha a bhith air a cur ris an iomlan aca. 'S e a' chiad neach a ruigeas sùim shònraichte a bhuannaicheas. (Ghabhadh disinn a chur an àite na cuibhle-snìomha, le sùimeannan nam bonn-airgid air gach taobh dhith.)

Cò dhiubh aig a bheil barrachd luach?

Faigh dòrlach de bhuinn-airgid agus cuir iad ann an aon chearcall. Faigh dòrlach eile agus cuir iad ann an cearcall eile. Iarr air luchd-ionnsachaidh tuairmse a thoirt air an t-sùim iomlain anns gach cearcall agus an uair sin an cunntadh is dearbhadh.

- Cò dhiubh aig a bheil barrachd luach? Ciamar a tha fios agad?
- Dè an t-sùim iomlan anns an dà chearcall?
- Am b' urrainn dhuinn an t-sùim seo a dhèanamh le bhith a' cleachdadh nas lugha de bhuinn-airgid na tha againn an seo?
- Dè an diofar ann an luach eadar an dà iomlan?



An t-aon uachdar, diofar dhoimhneachd

Tha ubhal a' cosg 37sg sa bhùth-suiteis.	Tha ubhal a' cosg 37sg sa bhùth-suiteis.
Seall dè na buinn-airgid a b' urrainnear cleachdadh gus 37sg a phàigheadh gu dìreach.	Tha mi a' pàigheadh le bonn 50 sgillinn. Cia mheud a gheibh mi air ais ann an iomlaid?
Tha ubhal a' cosg 37sg sa bhùth-suiteis.	Tha ubhal a' cosg 37sg sa bhùth-suiteis.
Chan eil agad ach 20sg. Cia mheud a bharrachd a tha a dhìth ort gus an t-ubhal a cheannach?	Cia mheud ubhal a b' urrainn dhut a cheannach airson £1?

Bidh ceistean 'aon uachdar, diofar dhoimhneachd' a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh gus an ro-innleachd a tha a dhìth a chomharrachadh agus an uair sin an ro-innleachd sin a chleachdadh gus a' cheist fhuasgladh. Le bhith a' cleachdadh na dòigh-obrach seo, faodaidh sinn luchd-ionnsachaidh a chuideachadh gus raon de ro-innleachdan a leasachadh gus ceistean airgid fhuasgladh. Faodar an dòigh-obrach seo a chleachdadh cuideachd mar inneal-measaidh airson an neach-chleachdaidh m.e., an urrainn don neach-ionnsachaidh an cuid eòlais is sgilean airgid a chur an gnìomh ann an caochladh de cho-theacsaichean air a bheil iad aineolach?

Eòlasan fìor-bheatha agus airgead didseatach

Tha e cudromach a bhith a' rannsachadh nan diofar dhòighean san gabh pàigheadh a dhèanamh airson bathar no seirbheisean a thuilleadh air cleachdadh airgead-làimhe. Aig a' chiad ìre, tha sinn airson rannsachadh a dhèanamh air na dòighean san gabh pàigheadh a dhèanamh airson bathar le bhith a' cleachdadh chairtean is teicneòlas didseatach. Bithear a' dèanamh barrachd sgrùdaidh, aig an dàrna ìre, air na buannachdan is cunnartan a thig bho bhith a' cleachdadh nam modhannan seo. Dh'fhaodadh ceanglaichean a bharrachd a bhith air an dèanamh ri teicneòlasan agus dh'fhaodadh cothroman a bhith air an toirt do luchd-ionnsachaidh gus rannsachadh a dhèanamh air dè cho cudromach 's a tha sàbhailteachd air-loidhne, mar eisimpleir, a' cumail fhacal-faire dìomhair, nì a tha riatanach airson an t-airgead againn a chumail sàbhailte air-loidhne.

Airgead san fhìor-shaoghal

Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh rannsachadh a dhèanamh air diofar sheòrsaichean de dh'airgead agus an teicneòlas a tha timcheall orra. Dh'fhaodadh còmhraidh a bhith air a dhèanamh air na chunnaic iad anns am beathannan fhèin no ann am filmichean is prògraman telebhisein.

Càit am faca tu airgead ga chleachdadh ann am fìor-bheatha?

Ciamar a bhios daoine, nad bheachd-sa, a' pàigheadh airson nithean ann an 100


Dè an diofar eadar cairt-fhiachan agus cairt-creideis?

Dè na suidheachaidhean sam bi daoine nas dualtaiche a bhith a' pàigheadh le cairt-creideis?

Nuair a tha m' athair a' dèanamh òrdugh airson biadh air bois, bidh e a' cur an òrduigh a-steach air an fhòn-làimhe aige agus an uair sin bidh e a' tighinn. A bheil seo a' ciallachadh gum faigh e an-asgaidh e?

Bidh mo charaid a' cleachdadh an inneil glaohaire dachaigh aice (m.e. Alexa) gus nithean a cheannach. Saoil ciamar a tha sin ag obair?

Chuir piuthar mo mhàthar seic thugam airson mo cho-là breith. Carson nach b' urrainn dhomh sin a chosg sna bùithtean?



Nuair a tha daoine a' pàigheadh le cairtean, cò às a tha an t-airgead sin a' tighinn?

Mhòthaich mi gum bi feadhainn a' taipheadh àireamhan ann am pada agus bidh feadhainn eile dìreach a' dèanamh tapa leis a' chairt aca. Saoil carson a tha sin?

Chunnaic mi feadhainn a' pàigheadh leis an fhòn-làimhe no uaireadair aca. Saoil ciamar a tha sin ag obair?

A' dealbhachadh cairt dhut fhèin

Rannsaich na diofar fheartan a tha coitcheann do chairtean-banca. Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh cairt-banca a dhealbhadh dhaibh fhèin. Prìomh fheartan a dh'fhaodadh a bhith air:

- Ainm - Strìop airson ainm-sgrìobhte - ainm a' bhanca - àireamh na cairte 16 figearan - còd tèarainteachd na cairt 3 figearan - Ceann-là crìochnachaidh

Caiteachas na sgoile/Cruinneachaidhean carthannais

- Dh'fhaodadh tu leigeil le luchd-ionnsachaidh pàirt a ghabhail, far a bheil sin iomchaidh, ann an co-dhùnaidhean a thaobh ciamar a thathar a' cosg beagan de mhaoineachadh na sgoile.
- Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh a bhith an sàs ann an tional thabhartasan airson tachartasan carthannais a bhios an sgoil a' ruith.
- Dh'fhaodadh tu cothroman a thoirt do luchd-ionnsachaidh a bhith air ceann tachartasan carthannais no a bhith an sàs ann an gnìomhachdan airson airgead a thogail.

Dè na goireasan a bhiodh gar cuideachadh gus eòlasan ionnsachaidh nas fheàrr fhaighinn? Ciamar a chuireadh iad piseach air gnothaichean?

Cò na carthannasan dom faodamaid airgead a thogail?

Dè is urrainn dhuinn dèanamh gus airgead a thogail?

Cia mheud a thog sinn?

Ciamar a bheir sinn an t-airgead a chaidh a thogail don charthannas taghte againn?

Feumalachdan agus iarrtasan

Tha mòran chothroman ann gus ceangal a dhèanamh ri eòlasan is builean airson Eòlas Sòisealta nuair a thathar a' rannsachadh bun-bheachdan airgid. Mar eisimpleir, feumalachdan agus iarrtasan. Gheibhear barrachd eisimpleirean air duilleag 30.

Dè na feumalachdan a tha againn?

Dè na h-iarrtasan a tha againn?

Dè an diofar eatarra seo?

Dè na nithean air am feum sinn airgead a chosg nar beathannan?

Feumalachdan	Iarrtasan

Dè na roghainnean a bhios romhainn a thaobh dè na nithean air am bi sinn a' cosg airgead?

Dè ma tha sinn ag iarraidh rudeigin gu mòr ach nach eil an t-airgead againn leis am faod sinn pàigheadh air a shon?

Bidh airgead a' toirt tòrr mòr chothroman airson ionnsachadh eadar-chuspaireil; gheibhear eisimpleirean de sin air feadh na sgrìobhainne seo, ach tha mòran a bharrachd ann a dh'fhaodar toirt do luchd-ionnsachaidh.

Faodaidh e a bhith na bhuannachd cuideachd cothrom a thoirt gus còmhraidh a dhèanamh air cho cudromach 's a tha sàbhalaichean agus air na buannachdan a thig à dàil a chur ann an toileachadh. Bidh feum ann air mothalachd, oir tha fhios againn gum bi luchd-ionnsachaidh a' tighinn à diofar chùl-raointean agus bidh diofar eòlasan aca air airgead. Dh'fhaodte gu bheil duilgheadasan ionmhais aig cuid a theaghlachan, agus tha e cudromach gu bheil sinn mothachail dhaibh ann an còmhraidhean is gnìomhachdan sam bith anns a bheil sinn ag iarraidh air luchd-ionnsachaidh pàirt a ghabhail, gu h-àraid nuair a thig e gu còmhraidhean air sàbhalaichean agus airgead-pòcaid. Cha bhi a h-uile pàiste a' faighinn airgead-pòcaid, oir cha bhi cuid a theaghlachan ann an suidheachadh far am faod iad airgead-pòcaid a thoirt seachad no bidh iad a' cur romhpa nach toir iad air sàilleibh adhbharan cultarach no roghainn phearsanta.

Faodaidh e a bhith na chuideachadh beagan ùine a chaitheamh a' rannsachadh cia mheud a tha nithean a' cosg san fhìor-shaoghal gus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh gus tuigse fhaighinn air luach nan nithean a dh'fhaodadh iad a bhith ag iarraidh a cheannach.

Cia mheud?

Thoir do luchd-ionnsachaidh ìomhaighean de nithean a dh'fhaodas iad fhèin no an teaghlachan a cheannach. Iarr orra na h-ìomhaighean a chur an òrdugh bhon nì as saoire dhan nì as daoire, agus thoir fa-near dè shaoileas iadsan mar a' phrìs air an son. Dh'fhaodadh iad tuairmse a thoirt air na prìsean airson gach nì.



Dearbhaich na prìsean fìora. Faighnich de luchd-ionnsachaidh an do chuir rud sam bith iongnadh orra.

Gheibhear cothrom air raon farsaing de stòrasan gus foghlam ionmhasail a leasachadh tron [làrach airson Stòrasan Foghlaim Ionmhasail air an Ionad Leasachaidh Nàiseanta](#). Tha sin a' toirt cheanglaichean do stòiridhean, gnìomhachdan agus modhan-obrach ionnsachaidh eadar-chuspaireil a ghabhadh cleachdadh. Tha [stiùireadh](#), air a chruthachadh le Seirbheis an Airgid is nam Peinnsean cuideachd ri fhaotainn, nì a chaidh a leasachadh gus cuideam a chur air na ceanglaichean eadar foghlam ionmhasail agus Curraicealam airson Sàr-mhathais, a' cur an cèill mar a dh'fhaodas sgoiltean piseach a thoirt air an fhoghlam ionmhasail a tha iad a' libhrigeadh, agus a' sealltainn càit am faighear seirbheisean is goireasan a dh'fhaodadh cuideachadh.

[Luachan, Airgead agus Mise](#): 'S e goireas air-loidhne a tha seo, le stòiridhean, gnìomhachdan agus farpaisean-ceist, airson luchd-cleachdaidh agus luchd-ionnsachaidh, a chaidh a leasachadh agus a mhaoineachadh le Experian. Tha e ag amas air clann a chuideachadh gus rannsachadh a dhèanamh air saoghal an airgid taobh a-staigh co-theacsa de luachan pearsanta agus beusail agus na h-imcheistean iom-fhillte, faireachail agus beusail ris am bi sinn

uile uaireannan a' cur aghaidh a thaobh airgid. Tha na goireasan gu h-àraid iomchaidh airson na ciad is dàrna ìre.

MoneySense: 'S e seo prògram saor air foghlam ionmhasail dhaibhsan a tha eadar 5 is 18 bliadhna a dh'aois. Tha e làn de ghnìomhachdan, geamaichean agus goireasan a tha gan cuideachadh gus clann a theagasg mu dheidhinn airgead san sgoil agus aig an taigh.

Puingean rim beachdachadh:

- Chan eilear a' teagasg bhloighean deiceach gus an dàrna ìre, agus mar thoradh air sin faodaidh an comharradh foirmeil a bhith nas dùbhlanaiche airson feadhainn am measg an luchd-ionnsachaidh.
- Thig luchd-ionnsachaidh le raon farsaing de dh'eòlas far an robh airgead na lùib, agus dh'fhaodadh nach robh gnothaichean dòigheil airson cuid dhiubh. Mar sin, tha e cudromach gu bheil sinn mothachail air seo.

Ceistean Beachdail:

- Ciamar as urrainn dhuinn dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' toirt raon de chothroman sam faod luchd-ionnsachaidh rannsachadh a dhèanamh air diofar sheòrsaichean de bhuinn-airgid is notaichean?
- Dè na dòighean sam faod sinn cothroman a thoirt do luchd-ionnsachaidh gus rannsachadh a dhèanamh air mar a thathar a' cleachdadh airgead gu didseatach?
- Dè na cothroman as urrainn dhuinn a thoirt seachad a bhios a' dèanamh cheanglaichean ri foghlam ionmhasail agus airgead ga chleachdadh ann an suidheachaidhean fìor-bheatha?

Ceanglaichean tarsainn a' churraicealaim:

Àireamhachd agus Matamataig

- Leasaich dòighean airson tuairmse a thoirt air freagairt do dh'obrachadh a-mach no ceist.
- Tuig cho cudromach 's a tha neoni agus mìnich an ceangal eadar figear, an t-àite aige agus an luach aige.
- Cleachd cur-ris agus toirt-air-falbh nuair a thathar a' fuasgladh dhuilgheadasan.
- Thoir tuairmse air sùimeannan iomlan de bhuinn-airgid/notaichean agus thoir tuairmse air an fhreagairt do dh'obrachaidhean a-mach a tha a' dèiligeadh ri airgead.
- Dèan ceanglaichean ri bloighean ann am fìor-bheatha m.e. 'leth-phris', 'trian dheth', msaa.

Slàinte agus sunnd

- Faigh a-mach mu dheidhinn nan diofar dhòighean sam faod sanasachd agus na meadhanan buaidh a thoirt air mo roghainnean.

Eòlas creideimh agus moraltachd

- Fàs mothachail do chreideamhan is luachan dhaoine eile a bhios a' toirt buaidh air na bhios iad a' dèanamh (ceanglaichean ri carthannas).

Eòlas sòisealta

- Dèan còmhraidh air an diofar eadar na feumalachdan is na h-iarrtasan againn fhìn agus acasan a tha timcheall oirnn.
- Gabh pàirt ann an co-dhùnaidhean agus beachdaich air na diofar roghainnean a tha ann airson co-dhùnaidhean a dhèanamh.
- Obraich a-mach an t-sùim airgid a tha a dhìth gus nithean a cheannach agus tuig gur dòcha nach bi sinn daonnan comasach ruigsinn air na nithean a tha sinn ag iarraidh.
- Rannsaich na diofar dhreuchdan air am bi feum airson gnothachas a ruith agus tuig a' phàirt a bhios gach dreuchd a' cluiche ann an soirbheas a' ghnòthachais.

Teicneòlas

- Rannsaich na teicneòlasan as ùire agus beachdaich air na dòighean anns an do leasaich iad.
- Taisbean beagan tuigse air an fheum air facail-faire a tha làidir.

Dàrna Ìre

Tha an clàr gu h-ìosal a’ gabhail a-steach na h-eòlasan is builean a tha ceangailte ri ‘Airgead’ aig an dàrna ìre. Bu chòir na h-eòlasan is builean a chleachdadh ann am planadh airson ionnsachadh, teagasg agus measadh. Bu chòir a thoirt fa-near gun deach na slatan-tomhais a dhealbhadh gus taic a thoirt do bhreithneachadh phroifeiseanta an tidseir a thaobh dèanamh adhartas fa chomhair ìre agus coileanadh ìre. Feumaidh luchd-ionnsachaidh a bhith air an treòrachadh tro raon de dhiofar eòlasan mus tèid aca air na builean seo a choileanadh.

Eòlasan is Builean	Slatan-tomhais
Is urrainn dhomh rian a chumail air airgead, coimeas a dhèanamh air cosgaisean bho dhiofar bhùithtean agus obrachadh a-mach dè ruigeas mi air ceannach. MNU 2-09a Tha mi a’ tuigsinn nan cosgaisean, buannachdan agus cunnartan an lùib cleachdadh cairt-banca gus bathar a cheannach no airgead-làimhe fhaighinn agus tha mi a’ toirt fa-near gu bheil buidseatadh cudromach. MNU 2-09b Is urrainn dhomh na briathran prothaid is call a chleachdadh ann an gnìomhachdan reic is ceannach agus is urrainn dhomh obrachaidhean a-mach sìmplidh a dhèanamh airson seo. MNU 2-09c	• A’ dèanamh obrachaidhean a-mach airson airgead le bhith a’ cleachdadh nan ceithir obrachaidhean. • A’ dèanamh coimeas eadar cosgaisean agus ag obrachadh a-mach dè ghabhas ruigsinn air taobh a-staigh buidseat àraid. • A’ dearbhadh tuigse air na buannachdan is cunnartan an lùib cleachdadh cairtean-banca agus teicneòlasan didseatach. • Ag obrachadh a-mach prothaid is call gu pongail, mar eisimpleir, nuair a thathar ag obair le buidseat airson gnìomhachd iomairt.

Dòighean-obrach èifeachdach airson ionnsachadh agus teagasg

Aig tràth-ìre agus aig a’ chiad ìre, bu chòir gun d’ fhuair luchd-ionnsachaidh raon de chothroman airson rannsachadh agus sgrùdadh a dhèanamh air na diofar sheòrsaichean de bhuinn-airgid is notaichean. Gabhaidh barrachd rannsachaidh a dhèanamh air seo aig an dàrna ìre, agus faodar ceanglaichean a dhèanamh tarsainn diofar eagraichean a’ churraicelaim leithid àireamh agus pròiseasan àireamhail, bloighean deiceach agus tomhas.

Cò am bonn-airgid aig a bheil an cuideam as motha/lugha?

Dè an trast-thomhas airson gach bonn-airgid?

Dè cho tiugh 's a tha gach bonn-airgid?

Dè an diofar eadar na buinn-airgid as truime agus na buinn-airgid as aotruime?

Saoil dè an cuideam a th' aig 100 sgillinn?

Iompaich an tomhas seo bho mm gu cm.

Iompaich na cuideaman seo bho ghramaichean gu cileagraman.

Obrachaidhean a-mach le airgead

Aig dàrna ìre, bu chòir gu bheil a' leudachadh obrachaidhean a-mach le airgead gus iomadachadh agus roinneadh a ghabhail a-steach. Bidh an earrann seo a' toirt beagan eisimpleirean agus modhan-obrach a dh'fhaodadh a bhith cuideachail aig an toiseach. Gheibhear eisimpleirean de ro-innleachdan airson cur-ris agus toirt-air-falbh san earrann air a' chiad ìre.

A' cleachdadh mhodailean farsaingeachd gus fuasgladh a thoirt do dh'obrachaidhean a-mach iomadachaidh

$$\pounds 4.50 \times 12$$

Dh'fhaodadh riochdachadh lèirsinneach de na buinn-airgid a bhith na bhuannachd airson feadhainn am measg an luchd-ionnsachaidh, gu h-àraid iomadachadh a' bhuinn 50sg.



	£4	£0.50
10	£40	£5
2	£8	£1

$$10 \times \pounds 4.00 = \pounds 40$$

$$10 \times \pounds 0.50 = \pounds 5$$

$$2 \times \pounds 4.00 = \pounds 8$$

$$2 \times \pounds 0.50 = \pounds 1$$

$$\pounds 40 + \pounds 8 + \pounds 5 + \pounds 1 = \pounds 54$$

A' cleachdadh mhodailean farsaingeachd gus fuasgladh a thoirt do dh'obrachaidhean a-mach roinnidh

$$\pounds 76 \div 4$$

	£48	£28
4	£12	£7

Chaidh 48 agus 28 a thaghadh a chionn 's gu bheil iad a' sùimeadh ri 76 agus tha iad nan iomadan de 4. Gabhaidh na sùimeannan nas lugha seo a roinneadh nas fhasa.

$$\pounds 48 \div 4 = \pounds 12$$

$$\pounds 28 \div 4 = \pounds 7$$

$$\pounds 828 \div 6$$

6	600	120	60	48
828 mar iomadan de 6				
6	100	20	10	8
6	600	120	60	48
100 + 20 + 10 + 8 = 138				

$$\pounds 138$$

Gheibhear barrachd eisimpleirean de mar a ghabhas iomadachadh agus roinneadh a riochdachadh le nithean sònraichte no le dealbhan sa ghoireas ionnsachadh proifeiseanta [Àireamh agus Pròiseasan Àireamhail](#).

Eisimpleirean de dh'obrachaidhean a-mach a tha nas dùbhланаich

Bidh Sàra a' sàbhaladh £4.50 gach seachdain airson 12 seachdain. An ruig i air paidhir de bhrògan-trèanaidh ùra a cheannach, a tha a' cosg £49.99?



Tha Calum a' roinn £75 gu co-ionann eadar a 4 phàistean agus tha e a' toirt a' chorra do charthannas. Cia mheud a thug e mar thabhartas do charthannas?

Bidh Lena a' cosg £110 gach mìos air tiogaidean-trèan. Bidh i a' dèanamh 20 tursan gach mìos. Cia mheud a bhios gach turas a' cosg?

Tha 8 seachdainean aig Zain gus £45.50 a shàbhaladh airson tìodhlac co-là-breith a mhàthar. Cia mheud a dh'fheumas e sàbhaladh gach seachdain?

Cia mheud?

Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh catalogan no bùithtean air-loidhne a chleachdadh gus diofar sheòrsaichean de dh'obrachaidhean a-mach a dhèanamh.

Tha £20 agam agus tha mi ag iarraidh tìodhlac a cheannach airson gach aon de mo 4 charaidean. Tha mi ag iarraidh an t-aon nì a thoirt do gach fear dhiubh. Dè na nithean a ruigeadh agam air cheannach?

Tha Vivian agus a 2 pheathraichean a' cur romhpa gun roinn iad a' chosgais airson rudeigin a cheannach (m.e. geama coimpiutair) eatarra gu co-ionann. Cia mheud a dh'fheumas gach tè dhiubh a phàigheadh airson an nì a thagh iad?

Tha Aleksy ag iarraidh ceithir buill-coise a cheannach. Cia mheud a chosgadh seo? Nan robh £50 aig Sàra, an ruigeadh i air paidhir de mhiotagan cùl-bàire a cheannach?

Eòlasan fìor-bheatha agus airgead didseatach

Aig dàrna ìre, bu chòir dhuinn mòran chothroman a thoirt do luchd-ionnsachaidh gus rian a chumail air airgead, coimeas a dhèanamh eadar cosgaisean bho dhiofar bhùithtean agus obrachadh a-mach dè ruigeas iad air ceannach.

‘Tha rannsachadh a’ sealltainn gu bheil foghlam ionmhasail san sgoil, san dachaigh agus sa choimhearsnachd a’ dèanamh fìor dhiofar. Tha clann a tha ag ràdh gun do dh’ionnsaich iad mu dheidhinn rian a chumail air airgead san sgoil a’ dèanamh nas fheàrr a rèir iomadh tomhas airson comasachd ionmhasail na bhios an co-aioisean. Tha iad nas buailtiche:

- a bhith a’ sàbhaladh gu tric
- cunntas-banca a bhith aca, agus
- a bhith misneachail a thaobh rian a chumail air an airgead aca.

Bidh foghlam ionmhasail a’ cuideachadh clann gus rian a chumail air an airgead aca an-dràsta agus san àm ri teachd, na nithean is seirbheisean ionmhasail as fheàrr a thaghadh dhaibh fhèin agus iad fhèin a dhìon bho fhoill agus bho bhrath a ghabhail orra. Ach, ann an Alba, chan eil ach ceathrar às gach deichnear cloinne-sgoile eadar aois seachd is aois 11 a’ cuimhneachadh ionnsachadh mu dheidhinn rian a chumail air airgead san sgoil, agus mar sin feumar barrachd a dhèanamh gus na cothroman inntinneach a tha a dhith orra a thoirt dhaibh gus na sgilean fìor-chudromach seo a leasachadh.’⁵

Gheibhear cothrom air raon farsaing de stòrasan gus foghlam ionmhasail a leasachadh tron [làrach airson Stòrasan Foghlaim Ionmhasail air an Ionad Leasachaidh Nàiseanta](#). Tha sin a’ toirt cheanglaichean do stòiridhean, gnìomhachdan agus modhan-obrach ionnsachaidh eadar-chuspaireil a ghabhadh cleachdadh. Tha [stiùireadh](#) air a chruthachadh le Seirbheis an Airgid is nam Peinnsean cuideachd ri fhaotainn, nì a chaidh a leasachadh gus cuideam a chur air na ceanglaichean eadar foghlam ionmhasail agus Curraicealam airson Sàr-mhathais, a’ cur an cèill mar a dh’fhaodas sgoiltean piseach a thoirt air an fhoghlam ionmhasail a tha iad a’ libhrigeadh, agus a’ sealltainn càit am faighear seirbheisean is goireasan a dh’fhaodadh cuideachadh. Bidh airgead a’ toirt tòrr mòr chothroman airson ionnsachadh eadar-chuspaireil; gheibhear eisimpleirean de sin air feadh na sgrìobhainne seo, ach tha fad a bharrachd ann a dh’fhaodar toirt do luchd-ionnsachaidh.



Tha foghlam ionmhasail deatamach airson gach cuid sgilean airson cosnadh agus sgilean airson beatha. Bidh an ìre ris am bi sinn uile ag ullachadh dhaoine òga gu math airson dùbhlain margaid na h-obrach san àm ri teachd na fheart deimhinneach de dh’fhoghlam thairis air na h-ath bhliadhnaichean. Bidh Leasachadh Sgioba-obrach Òg (DYW) a’ toirt a’ cho-theacsa structaraich airson seo, agus bidh foghlam ionmhasail a’ solarachadh mòran cheanglaichean is

⁵ [MPS Brand implementation Report template \(moneyandpensions.service.org.uk\)](https://moneyandpensions.service.org.uk/mips-brand-implementation-report-template)

cothroman leasachaidh san raon seo, a’ gabhail a-steach ceanglaichean làidir ri luchd-fastaidh.

Bidh cuid de na bancaichean a’ toirt maoineachadh gus taic a thoirt do thrèanadh tionnsgaineach. Gheibhear mion-fhiosrachadh air barrachd dhiubh seo air a’ [Chòimhearsnachd Ionnsachaidh Phroifeiseanta airson Àireamhachd](#) againn. Feumaidh ionadan clàradh gus pàirt a ghabhail ann an gnìomhachdan den t-seòrsa seo.

Tha na h-ath ghrunn duilleagan a’ toirt eisimpleirean de dh’eòlasan a dh’fhaodadh taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh gus na sgilean airgid aca a leasachadh. Ghabhadh cuid dhiubh a chleachdadh mar phàirt de mhodh-obrach eadar-chuspaireil.

Cuairt-latha/Planadh Shaor-làithean

Thoir buidseat do luchd-ionnsachaidh airson cuairt-latha no saor-làithean agus iarr orra a’ chuairt a phlanadh taobh a-staigh a’ bhuidseit seo. Dh’fhaodadh luchd-ionnsachaidh, an dèidh eisimpleirean a bhith air an toirt dhaibh, roghainnean a dhèanamh a thaobh càit am bi iad a’ dol agus cia mheud duine a tha iad ag iarraidh a thoirt còmhla riutha. Dh’fhaodadh gnìomhachdan/àitichean-fuirich a bhith air an tairgse le iomadach solaraiche, oir bidh seo a’ cuideachadh luchd-ionnsachaidh gus am faic iad cho cudromach ‘s a tha e coimeas a dhèanamh eadar cosgaisean mus dèan iad ceannach.

Cosgaisean mòr-mhargaid

Dèan coimeas eadar na cosgais airson nithean thar diofar mhòr-mhargaidean. Dh’fhaodadh reasabaidh a bhith air a thoirt do luchd-ionnsachaidh a b’ urrainn dhaibh dèanamh sa chlas no aig an taigh. Feumaidh iad faighinn a-mach cò a’ mhòr-mhargaid a bhios a’ tabhann an luach as fheàrr dhaibh airson nan tàthchuidean a dh’fheumas iad.

Dèan coimeas air tairgsean ioma-phacaideach/ioma-cheannach ann am mòr-mhargaidean agus rannsaich cò na tairgsean agus meudan bathair a bhios a’ toirt luach an airgid as fheàrr

Prothaidean agus callaidhean*

Obraich a-mach a’ phrothaid is call air nithean a chaidh a reic aig fèill-reic na sgoile. Tha an clàr gu h-ìosal air a thoirt seachad mar eisimpleir. Dh’fhaodte gun tèid aig luchd-ionnsachaidh a’ phrothaid is call obrachadh a-mach air nithean a chaidh a reic aig fèill-reic na sgoile aca fhèin no le gnothachas beag.

Ni	Cosgais airson aon ni a dhèanamh	Uimhir ri faotainn airson reic	Pris aig fèill-reic na sgoile	Uimhir nan nithean a reiceadh aig fèill-reic
Comharra-duilleige	£0.30	36	£0.50	30
Frèam deilbh	£1.00	32	£1.10	25
Magnat	£0.45	30	£0.50	28
Taigh-eun	£2.75	10	£4.00	10
Làmh-fhail	£1.50	15	£2.00	13
Dul-iuchrach	£0.65	30	£1.50	25

Biadh a-muigh (no a-staigh)

A' tilleadh do na h-eisimpleirean de chlàran-bìdh a dh'ainmicheadh ann an ìrean nas ìsle, dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh cuid de na gnìomhachdan a leanas a ghabhail os làimh:

Tha thusa agus do cheathrar charaidean a' dol a-mach airson biadh. Tha gach duine agaibh a' faighinn rudeigin airson tòiseachadh, prìomh chùrsa agus sùgh. Tha dithis agaibh a' faighinn mhilsean. Cò na nithean às a' chlàr-bhìdh a dh'fhaodadh sibh òrdachadh ma tha am bile agad fo £80?

Thàinig am bile gu £80 uile gu lèir. Tha sibh a' cur romhaibh gum fàg sibh tiop de 15 sa cheud airson an neach-fhrithéalaidh. Cia mheud a bheireadh sibh mar thiop?

Tha bileag-theist agad airson 50 sa cheud dheth gach prìomh chùrsa. Cia mheud a bhios am bile agad aig a' cheann thall?

Grìogagan, Crotach agus Notaichean-banca: 'S e stòras eadar-chuspaireil a tha seo mu airgead. 'S e stòras an-asgaidh a tha seo a tha ag amas air luchd-ionnsachaidh aig dàrna ìre agus ri fhaotainn airson gach sgoil ann an Alba. Tha e a' gabhail a-steach raon farsaing de ghoireasan a tha ag amas air còmhraidh agus fuasgladh cheistean a bhrosnachadh a thaobh airgid.

Luachan, Airgead agus Mise: 'S e goireas air-loidhne a tha seo, le stòiridhean, gnìomhachdan agus farpaisean-ceist, airson luchd-cleachdaidh agus luchd-ionnsachaidh, a chaidh a leasachadh agus a mhaoineachadh le Experian. Tha e ag amas air clann a chuideachadh gus rannsachadh a dhèanamh air saoghal an airgid taobh a-staigh co-theacsa de luachan pearsanta agus beusail. Tha an goireas a' rannsachadh nan imcheistean iom-fhillte, faireachail agus beusail ris am bi sinn uile uaireannan a' cur aghaidh a thaobh airgid. Tha na goireasan gu h-àraid iomchaidh airson na ciad is dàrna ìre.

MoneySense 'S e seo prògram saor air foghlam ionmhasail dhaibhsan a tha eadar 5 is 18 bliadhna a dh'aois. Tha e làn de ghnìomhachdan, geamaichean agus goireasan a tha gan cuideachadh gus clann a theagasg mu dheidhinn airgead san sgoil agus aig an taigh.

Bu chòir dhuinn cuideachd tòiseachadh air rannsachadh a dhèanamh air na buannachdan is cunnartan an lùib cleachdadh chairtean-banca agus teicneòlas didseatach eile gus pàigheadh a dhèanamh airson bathar is seirbheisean. Dh'fhaodte gum b' fhiach sùil eile a thoirt air an diofar eadar cairt-fhiachan agus cairt-creideis sa chiad dol a-mach.

Rannsaich na buannachdan agus eas-bhuannachdan bho chleachdadh chairtean-fhiachan agus cairtean-creideis, agus dèan liosta no postair dhiubh seo.



Ciamar a tha airgead air atharrachadh?



Rannsaich na dòighean san do dh'atharraich airgead thar ùine. Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh fàisneachdan a dhèanamh a thaobh ciamar a dh'fhaodadh seo cumail a' dol a dh'atharrachadh san àm ri teachd.

Thoir sùil eile air na diofar dhòighean sam faodar pàigheadh airson bathar, m.e. airgead-làimhe, cairt-fhiachan, cairt-creideis, Apple Pay, eWallets, seicean, cairtean ro-phàighte msaa. Dèan còmhraidh air càit am faca iad seo gan cleachdadh agus ciamar a tha gach modh-obrach ag obair.

Ceannachdan air-loidhne

Rannsaich na cunnartan is na buannachdan an lùib dèanamh cheannachdan air-loidhne agus ciamar a dh'fhaodamaid sinn fhìn a dhìon bho airgead ga thoirt bhuainn nuair nach bu chòir. Dh'fhaodadh ceanglaichean a dhèanamh ri sìobar ath-leumachd agus sàbhailteachd eadar-lìn. Ciamar a dh'fhaodas sgilean sìobar ath-leumachd a bhith gar cuideachadh gus sùil a chumail air an ionmhas againn?

Airgead didseatach

Rannsaich na h-airgeadan a thathar a' cleachdadh ann an geamaireachd air-loidhne agus rannsaich eòlasan an luchd-ionnsachaidh fhèin air seo.

- Dè na h-airgeadan a thathar a' cleachdadh? Ciamar a tha iad ag obair?
- Ciamar a tha seo eadar-dhealaichte bhon dòigh san deach airgead a chleachdadh gu traidiseanta?
- Dè na buannachdan/cunnartan a tha an lùib cleachdadh nan airgeadan seo?

Turas don taigh-dhealbh

Tha Kristina agus Jay a' dol air turas don taigh-dhealbh. Tha an dithis aca a' ceannach grèim-bìdh bhon bhùth. Tha Kristina a' cleachdadh cairt-fhiachan gus pàigheadh airson nan snaoicean aicese, agus tha Jay a' cleachdadh cairt-creideis airson na cuid aigesan. Leugh na h-aithrisean gu h-ìosal agus dèan co-dhùnadh am b' e Kristina no Jay a thuirt e. Thoir adhbhar airson do fhreagairte.

Aithris	Kristina no Jay?	Adhbhar
"Tha mi air an t-airgead airson nan snaoicean a ghabhail air iasad, agus bidh mi ga phàigheadh air ais aig deireadh a' mhìos."	Jay	B' e Jay a thuirt seo a chionn 's gun do chleachd esan cairt-creideis, far a bheilear a' faighinn airgead air iasad agus ga phàigheadh air ais don bhanca gach mìos.
"Bithear gam theàirdseadh 25 sa cheud a bharrachd air a' cheannachd agam agus, mar sin, bidh cosgais iomlan nan snaoicean nas motha na an fhìor-phrìs."		
"Tha e furasta a bhith a' dìochuimhneachadh nan ceannachd beaga uile a rinn mi gach mìos. Uaireannan, bidh am bile mìosail fada a bharrachd na bha mi an dùil ris."		
"Chan fheum mi dragh a ghabhail a thaobh airgead a phàigheadh air ais, oir thèid a thoirt às a' chunntas agam nuair a cheannaicheas mi an snaoic."		
"Ma tha mi ag ath-phàigheadh cosgais nan snaoicean ann an àm, bidh seo gam chuideachadh gus deagh sgòr-creideis a thogail. Bidh sin cudromach ma tha mi ag iarraidh iarrtas a chur a-steach airson iasad no morgaidse san àm ri teachd."		
"Mura bheil airgead gu leòr sa chunntas agam an-diugh gus cosgais nan snaoicean a chòmhdachadh, bithear a' diùltadh mo chairte no dh'fhaodte gum bithear a' cur càin orm."		

Puingean rim beachdachadh:

- Bidh aig luchd-ionnsachaidh diofar ìrean de dh'eòlas air airgead bhon taigh, agus tha e deatamach gu bheilear mothachail air sin.
- Tha an dòigh sa bheil sinn a' cleachdadh airgead ga leasachadh aig astar luath, agus 's fhiach beagan ùine a chaitheamh gus sùil a thoirt air ais air eachdraidh an airgid agus fàisneachdan a dhèanamh air na leasachaidhean a dh'fhaodadh tighinn.

- Ged nach eilear a' teagasg iomlaid airgid gus an treas ìre, dh'fhaodte gu bheil eòlas aig feadhainn am measg an luchd-ionnsachaidh air seo cheana bho bhith a' ceannach airgeadan is creideisean air-loidhne airson nan geamaichean is consoilean coimpiutair a bhios mòran dhaoine a' cluiche. Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' tuigsinn luach an iomlaid airson an fhìor-airgid aca an coimeas ris an luach creideis air-loidhne aige?

Ceistean Beachdail:

- Dè na dòighean sam faod sinn cothroman a thoirt do luchd-ionnsachaidh gus rannsachadh a dhèanamh air a' bhuidheachas a thig bho theicneòlas didseatach air an dòigh sa bheilear a' cleachdadh airgead?
- Dè na cothroman as urrainn dhuinn a thoirt seachad a bhios a' dèanamh cheanglaichean ri foghlam ionmhasail agus airgead ga chleachdadh ann an suidheachaidhean fìor-bheatha?

Ceanglaichean tarsainn a' churraicealaim:

Àireamhachd agus Matamataig

- A' cur ris, a' toirt air falbh, ag iomadachadh agus a' roinneadh bhloighean deiceach gu dà ionad dheiceach.
- Ag obrachadh a-mach ceudadan sìmplidh de dh'uiread.
- Ag iomlaid eadar aonadan coitcheann de thomhas le bhith a' cleachdadh comharradh deiceach.

Slàinte agus sunnd

- Ag ionnsachadh measadh a dhèanamh air agus rian a chumail air cunnart, gus mi-fhìn agus càch a dhìon, agus comas croin a lùghdachadh far an gabh sin dèanamh.
- A' cur ri plana airson biadh fallain (buidseat).
- A' tuigsinn mar a tha sanasachd agus na meadhanan gan cleachdadh gus buaidh a thoirt air luchd-caitheimh.

Litearrachd agus Gàidhlig

- Ag aithneachadh nuair a tha na stòrasan agam a' feuchainn ri buaidh a thoirt orm, agus dè cho feumail 's a tha iad seo.

Eòlas creideimh agus moraltachd

- A' leasachadh mo thuigse air mar a tha na creideasan is luachan agam fhìn agus aig daoine eile a' toirt buaidh air an gnìomhan (ceanglaichean ri carthannas).

Eòlas sòisealta

- A' mìneachadh mar a tha feuman buidhne sa choimhearsnachd ionadail again a' faighinn taic.
- A' rannsachadh malairt bheus-eòlach agus a' tuigsinn mar a tha feumalachdan bunaiteach dhaoine coltach air feadh an t-saoghail.

- Ag aithneachadh bathar is seirbheisean riatanach, a' dèanamh còmhraidh air diofar dhòighean sam faodar pàigheadh air an son agus a' beachdachadh air na buannachdan is cunnartan a tha an lùib gach modh-pàighidh.
- A' faighinn eòlas air gnothachas a chur air bhonn agus a ruith.

Teicneòlasan

- Mothachadh air mar a chumas mi mi-fhìn sàbhailte agus tèarainte (nuair a thathar a' cleachdadh teicneòlasan didseatach).
- A' rannsachadh mar a tha dòighean-beatha atharrachail air buaidh a thoirt air dealbhachadh is leasachadh bathair.

An Treas Ìre

Tha an clàr gu h-ìosal a’ gabhail a-steach na h-eòlasan is builean a tha ceangailte ri ‘Airgead’ aig treas ìre. Bu chòir na h-eòlasan is builean a chleachdadh ann am planadh airson ionnsachadh, teagasg agus measadh. Bu chòir a thoirt fa-near gun deach na slatan-tomhais a dhealbhadh gus taic a thoirt do bhreithneachadh phroifeiseanta an tidseir a thaobh dèanamh adhartas fa chomhair ìre agus coileanadh ìre. Feumaidh luchd-ionnsachaidh a bhith air an treòrachadh tro raon de dhiofar eòlasan mus tèid aca air na builean seo a choileanadh.

Eòlasan is Builean	Slatan-tomhais
Nuair a tha mi a’ beachdachadh air mar a chosgais mi an t-airgead agam, is urrainn dhomh diofar chùmhnanntan is seirbheisean a lorg agus coimeas agus iomsgaradh a dhèanamh eatarra, còmhraidh a dhèanamh air na buannachdan is eas-bhuannachdan, agus mìnèachadh cò dhiubh a bhios a’ tabhann an luach as fheàrr dhomh. MNU 3-09a Is urrainn dhomh buidseatadh gu h-èifeachdach, le bhith a’ cleachdadh teicneòlas agus modhan-obrach eile, gus rian a chumail air airgead agus planadh airson chosgaisean ri thighinn. MNU 3-09b	• A’ nochdadh tuigse air luach as fheàrr a thaobh chùmhnanntan is seirbheisean nuair a thathar a’ dèanamh coimeas eadar nithean. • A’ taghadh an luach as fheàrr airson an t-suidheachaidh phearsanta aca agus a’ fireanachadh taghaidhean. • A’ buidseatadh gu h-èifeachdach, le bhith a’ cleachdadh teicneòlas didseatach far a bheil e freagarrach, a’ taisbeanadh gu bheil a’ leasachadh comasachd ionmhasail. • A’ nochdadh eòlas air briathran ionmhasail, mar eisimpleir, fiach/creideas, ìre sa cheud gach bliadhna (APR), gach bliadhna (p.a.), toirt às dìreach/òrdugh seasmhach agus ìre an rèidh. • Ag iomlaid eadar diofar airgeadan.

Dòighean-obrach èifeachdach airson ionnsachadh agus teagasg

Far a bheil ceistean gan suidheachadh ann an co-theacsa an airgid, thathar a’ toirt chothroman beartach gus sgilean a leasachadh air feadh mòran diofar eagraichean a’ churraicealaim a tha ceangailte ri àireamhachd is matamataig. Tha iad seo a’ gabhail a-steach àireamh agus pròiseasan àireamhail, bloighean, bloighean deiceach agus ceudadan, tomhas, anailis dàta agus turchairt agus mì-chinnt. Tha mòran cheanglaichean ann ri raointean eile a’ churraicealaim, agus gheibhear mion-fhiosrachadh air cuid dhiubh air duilleag 47. Is urrainn do phròiseactan ionnsachaidh eadar-chuspaireil a bhith a’ beartachadh eòlasan an luchd-ionnsachaidh, a’ toirt taic dhaibh gus ceanglaichean a dhèanamh agus a’ leasachadh nan sgilean ionmhasail a bhios deatamach airson beatha agus obair.

Luach as fheàrr

Aig treas ìre, bu chòir gu bheil a’ toirt a’ chothruim do luchd-ionnsachaidh gus rannsachadh a dhèanamh air luach as fheàrr a thaobh chùmhnanntan is seirbheisean. Faodaidh luchd-ionnsachaidh goireasan air-loidhne a chleachdadh gus rannsachadh a dhèanamh air cùmhnanntan is seirbheisean leithid pacaidean airson fònaichean-laimhe is cairtean SIM, ballrachd de dh’ionad-cleasachd no de chomann spòrs, tachartasan spòrs agus tiogaidean-seusain, pasaichean taigh-dhealbh, pasaichean-siubhail no seirbheisean sruthach.

A bheil na pasaichean
film a' toirt deagh
luach an airgid?

Cò am pas aig a
bheil an luach as
fheàrr?



Pas film neo-chrìochnaichte gach bliadhna – £110.

Pas film neo-chrìochnaichte gach mìos - £9.99

Tiogaid airson aon fhilm - £8.20

Cia mhead film
gach bliadhna a
dh'fheumadh tu
coimhead gus am
pas a dhèanamh
mar dheagh luach
an airgid?

A' lorg a' bhargain as fheàrr*

Saoil gun robh buidseat agad de £35 gach mìos airson cùmhnannt fòn-làimhe ùr a cheannach. Dè am bargan as fheàrr as urrainn dhut a lorg?

Dh'fhaodadh tu beachdachadh air:

- an seòrsa de dh'fhòn-làimhe a tha thu ag iarraidh
- am brannd no modail de dh'fhòn-làimhe
- feartan an fhòn-làimhe, mar eisimpleir an camara no meud na cuimhne
- cia mhead dàta a dh'fhaodadh tu cleachdadh
- cosgaisean sam bith a dh'fheumadh tu pàigheadh ro làimh
- saor-thabhartasan sam bith, mar eisimpleir fo-sgrìobhadh gu aplacaid ciùil no co-innealan an-asgaidh.

Ma dh'fhaodte gum biodh tu ag iarraidh sùil a thoirt air làraichean-lìn nan companaidh fòn-làimhe no aig làrach-lìn coimeasachaidh airson bheachdan.

**Gnìomhachd Scotland Learns – A' dol dhan bhùth agus buidseatadh 1 – àrd-sgoil*

Bu chòir gu bheil a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh gus rannsachadh a dhèanamh air roghainnean a bhios a' freagairt ris na suidheachaidhean aca fhèin, no a rèir cnàmh-sgeul a thugadh seachad, agus na co-dhùnidhean aca a mhìneachadh agus fhìreanachadh. Ghabhadh seo a dhèanamh tro aithris sgrìobhte no taisbeanadh didseatach.

Comasachd ionmhasail

Bu chòir gu bheil a' toirt a' chothruim do luchd-ionnsachaidh cumail a' dol a' leasachadh an cuid comasachd ionmhasail. Bu chòir dhaibh a bhith a' rannsachadh agus a' sgrùdadh raon nas fharsaing de bhathar ionmhasail agus a' togail air an cuid sgilean buidseataidh a leasaich iad aig an dàrna ìre. Bu chòir gu bheil seo a-nis a' gabhail a-steach rannsachadh air cosgais creideis agus fiachan, a' sgrùdadh chosnaidhean agus lùghdachaidhean, agus roghainnean airson sàbhaladh. Bu chòir gu bheil a' toirt ùine do luchd-ionnsachaidh còmhraidh a

dhèanamh air na buannachdan is eas-bhuannachdan ceangailte ri caochladh de bhathar agus na suidheachaidhean a dh'fhaodadh cur ri roghainnean.

Tha ro-innleachd na Rìoghachd Aonaichte airson Sunnd Ionmhasail [UK Strategy for Financial Wellbeing](#) a' cur an cèill amas nàiseanta airson dèanamh cinnteach gum bi, ro dheireadh 2030, 150,000 pàistean is daoine òga a bharrachd a tha a' fàs suas ann an Alba a' faighinn foghlam ionmhasail brìghmhor. Tha Seirbheis an Airgid is nam Peinnean air [stiùireadh air foghlam ionmhasail airson àrd-sgoiltean](#) a chruthachadh, a tha a' cur cuideam air na ceanglaichean eadar foghlam ionmhasail agus Curraicealam airson Sàr-mhathais, agus a' cur an cèill mar a dh'fhaodas sgoiltean piseach a thoirt air an fhoghlam ionmhasail a tha iad a' libhrigeadh, agus a' sealltainn càit am faighear seirbheisean is goireasan a dh'fhaodadh cuideachadh.

Bidh mòran de na goireasan a dh'ainmicheadh san earrann dàrna ìre den ghoireas seo cuideachd freagarrach do luchd-ionnsachaidh aig an treas ìre. Gu sònraichte, tha beartas de ghoireasan air prògraman foghlaim ionmhasail aig [MoneySense](#), a' gabhail a-steach gnìomhachdan eadar-obrachail, planaichean leasain agus taisbeanaidhean a ghabhadh cleachdadh san t-seòmar-teagaisg agus gnìomhachdan, geamaichean agus stòrasan a bhios a' cuideachadh clann ann a bhith ag ionnsachadh mu dheidhinn airgead aig an taigh.

Gnìomhachdan iasaid agus pàighidh

Seòrsaichean iasaid

Rannsaich diofar dhòighean gus iasad fhaighinn agus dèan taisbeanadh a tha a' sealltainn nam buannachdan, eas-bhuannachdan, cosgaisean agus sochairean a thaobh:

- Iasadan banca
- Ro-tharraing
- Tairgsean airson ceannaich an-dràsta pàigh nas anmoiche
- Cairtean pàighidh
- Iasadaichean latha-pàighidh
- Aonaidhean creideis
- Iasadan oileanaich

A' cumail ionmhasan tèarainte air-loidhne

Rannsaich diofar sheòrsaichean de dh'fhoilltean agus cleasan-meallaidh air-loidhne.

Cruthaich taisbeanadh no bileag a tha a' toirt mion-fhiosrachadh air na diofar sheòrsaichean de dh'fhoilltean airgid no cleasan-meallaidh a rannsaich thu a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air daoine agus air gnothachasan agus a' toirt comhairle air mar a dh'fhaodas tu cumail sàbhailte.

A' tuigsinn mhodhan-pàighidh

Dèan rannsachadh air na buannachdan, eas-bhuannachdan, cosgaisean agus sochairean a thaobh:

- Cairtean-fhiachan
- Cairtean-creideis
- Cairtean-bùtha
- Cairtean-banca ro-phàighidh
- Cairtean tapaidh leithid cairt fòn-làimhe bàrr-lìonaidh, cairt-shiubhail no cairt-phàighidh lòn-sgoile
- Cairtean-tabhartais agus cairtean-eàrlais
- Seirbheisean pàighidh le fòn-làimhe leithid Google Pay, Apple Pay no Paypal.

Airgead didseatach

Rannsaich mar a tha cripto-airgeadan, leithid 'Bitcoin' a' fàs gu bhith nan dòigh ùr airson airgead iomlaid agus a stòradh gu didseatach.

- Dè th' ann an cripto-airgead? Ciamar a tha e ag obair?
- Ciamar a tha e eadar-dhealaichte bhon dòigh san deach airgead a chleachdadh gu traidiseanta?
- An urrainn dhut eisimpleirean a lorg de chripto-airgeadan a tha ann an-dràsta? Cia mheud as fhiach iad?
- Dè na buannachdan is eas-bhuannachdan an lùib cleachdadh cripto-airgead?

Bu chòir gu bheilear a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh a bhith a' deasbad nan diofar bhriathran a gheibhear ann an diofar sgìrean, dual-chainntean agus cultaran, airson 'teachd-a-steach' agus 'caiteachas'. Dh'fhaodadh e a bhith na bhuannachd airson luchd-ionnsachaidh gus rannsachadh a dhèanamh air mar a dh'fhaodadh am buidseat aca atharrachadh aig diofar phuingeann nam beathannan.

A' cruthachadh buidseat

Gnìomhachd Scotland Learns – cho cudromach 's a tha buidseatadh – treas agus ceathranh ìre

Cruthaich clàr mar seo gus buidseat mìosail no seachdaineil a sgrùdadh.

Deit	Dealbh-chunntas	Teachd-a-steach	Caiteachas	Suim-chothromachaidh

- Dè tha na briathran 'teachd-a-steach' agus 'caiteachas' a' ciallachadh? Thoir 2 eisimpleir de gach aon.
- Dè tha an colbh cothromachaidh a' sealltainn, agus ciamar a thathar ga obrachadh a-mach?
- Thoir dà adhbhar carson a tha buidseatadh cho cudromach do dhaoine air leth, do theaghlachan, do ghnothachasan, msaa.
- Dè tha am briathar 'thar buidseat' a' ciallachadh? Dè seòrsa àireimh a bhiodh tu an dùil a bhith a' faicinn sa cholbh cothromachaidh nan robh thu air a dhol thar buidseat?
- Dè tha na briathran 'anns an dearg' agus 'anns an dubh' a' ciallachadh nuair a thathar a' coimhead air a' cholbh cothromachaidh?
- Dè cho tric, saoilidh tu, a dh'fheumadh tu gnìomhachd buidseataidh a choileanadh?


A-nis, coilean an clàr airson a' bhuidseit agad fhèin, no cleachd am fiosrachadh a leanas gus buidseat a chruthachadh airson Samantha.

- Air 1 Cèitean, tha Samantha a' faighinn £318.77 bhon tabhartas beathachaidh oileanaich, tha i a' pàigheadh £135.00 ann am màl agus £68.52 airson biadh.
- Air 4 Cèitean, tha i a' dol a-steach don bhaile agus a' cosg £46.72 air aodach agus £12.07 airson lòn còmhla ri caraid.
- Tha dreuchd phàirt-ùine aice, agus tha am fastaiche aice a' pàigheadh £178.31 a-steach don chunntas aice air 8 Cèitean.
- Tha Samantha a' pàigheadh bile de £22.68 airson teasachadh air 12 Cèitean.
- Tha i a' pàigheadh £42.50 airson tiogaid airson cuirm-chiùil air 22 Cèitean, agus tha i a' bucadh tiogaidean-trèan airson faighinn chun na cuirm-chiùil a tha a' cosg £25.68.

Cleachd an clàr buidseit agad gus an co-chothromachadh air a' chunntas aice a lorg air 22 Cèitean.

Bidh Samantha mar as trice a' pàigheadh £50 ann an cunntas sàbhalaidd aig deireadh gach mìos. A bheil gu leòr sa chunntas aice gus sin a dhèanamh? Ma tha, cia mheud a tha aice a-nis a dh'fheumas a bhith ga cumail a' dol gus an ath phàigheadh den tabhartas beathachaidh oileanaich air 1 Ògmhios?

Gabhaidh innealan didseatach leithid Microsoft Excel no Google Sheets a chleachdadh gus buidseat a chruthachadh, agus dh'fhaodadh seo a bhith na dheagh chothrom gus rannsachadh a dhèanamh air mar a thathar a' cleachdadh chliath-dhuilleagan agus a' cruthachadh fhoirmlean sìmplidh. Gabhaidh clàran agus grafaichean a chruthachadh cuideachd gus, mar eisimpleir, teachd-a-steach fa chomhair caiteachas no roinnean-seòrsa de chaiteachas.



Tha teamplaidean rim faotainn ann am Microsoft Excel.

Ìrean-rèidh

Bu chòir gu bheillear a' toirt a' chothruim do luchd-ionnsachaidh gus caochladh de cheistean fhuasgladh a thaobh na buaidhe a bhios aig ìrean-rèidh air cosgais iasaid agus air teachd-a-steach bho shàbhalaichean agus inbheistidhean. Tha seo a' toirt cothrom gus fileantachd a leasachadh a thaobh ceudadan obrachadh a-mach agus sgilean gan cur an gnìomh ann an co-theacsa.

Carson, saoilidh tu, a tha cunntasan a' pàigheadh diofar ìrean-rèidh?

Carson a dh'fhaodadh tu cunntas a thaghadh aig a bheil ìre-rèidh nas ìsle?



Am Banca Albannach

Cunntas	Ìre-rèidh (gach bliadhna)
Sàbhailiche le cothrom air sa bhad	1.5 sa cheud
Bann le ìre-rèidh sheasmhach	2%
e-Sàbhailiche 2021	0.75%

Airson gach cunntas, obraich a-mach ìre-rèidh a bhithear a' cosnadh ma tha thu a' tasgadh £500 airson 1 bhliadhna.

Cia mheud a bharrachd a phàighear ann an riadh leis a' bhann sheasmhach an coimeas ris an e-Sàbhailiche?

Gheibhear àireamhairean airson ìre-rèidh obrachadh a-mach air-loidhne, agus tha iad feumail

airson rannsachadh a dhèanamh air a' bhuaidh a bhios aig atharrachaidhean do dh'ìre-rèidh air sàbhalaichean agus inbheistidhean. Tha iad rim faotainn air grunn làraichean-lìn, nam measg [Banca Shasainn](#).

Iomlaid airgeadan

Tha iomlaid airgid, far a bheilear ag iomlaid bho airgead aon dùthcha gu airgead dùthcha eile, a' toirt cothrom eile do luchd-ionnsachaidh an tuigse air reusanachadh co-rèireach a leasachadh. An àite a bhith a' faicinn seo mar sgil no cuspair ann fhèin, faodaidh e a bhith cuideachail a bhith a' smaointinn air mar dìreach iomadachadh agus roinneadh air an cur an gnìomh. Dh'fhaodadh ceanglaichean a dhèanamh ri ceistean far a bheilear ag iomlaid eadar aonadan tomhais. 'S fhiach tòiseachadh le airgeadan air am bi daoine eòlach agus le luachan-iomlaid sìmplidh, agus faodaidh modail bhàraichean a bhith nan deagh riochdachadh lèirsinneach gus tuigse a chuideachadh.

A' cleachdadh modail-bhàraichean gus obrachaidhean a-mach airson iomlaid a thaisbeanadh

£1 = \$1.30

Iomlaid £4 gu dolaran nan Stàitean Aonaichte

1.30	1.30	1.30	1.30
------	------	------	------

$$£4 = 4 \times \$1.30 = \$5.20$$

1 òirleach =


Iomlaid 12.5cm gu òirlich

12.5				
2.5	2.5	2.5	2.5	2.5

$$12.5\text{cm} = 12.5 \div 2.5 = 5 \text{ òirlich}$$

Nuair a tha an dàimh air a bhith air a stèidheachadh, faodaidh clàr a bhith na dhòigh fheumail airson luchd-ionnsachaidh gus ceistean a thaobh reusanachadh co-rèireach a mhìneachadh.

Iomadaich le 1.16



Tha biadh a-muigh a' cosg €54 airson teaghlach air saor-làithean. Cia mheud a tha sin chun na sgillinne as fhaighe?


£	€
1	1.16
	54

$$\div 1.16$$

Tha am biadh a' cosg £46.55 chun na sgillinne as fhaighe.

Aon uair 's gu bheil beagan misneachd aig luchd-ionnsachaidh, faodaidh iad gluasad air adhart gu bhith a' cleachdadh teicneòlas airson obrachaidhean a-mach nas iom-fhilltiche a dhèanamh far a bheilear a' cleachdadh airgeadan air nach bi iad cho eòlach. Bu chòir aire luchd-ionnsachaidh àrdachadh a thaobh cho cudromach 's a tha iomlaid airgeadan ann am malairt is gnìomhachas.

Bidh iomlaidiche airgeadan air-loidhne a' leigeil le luchd-ionnsachaidh rannsachadh a dhèanamh air raon farsaing de dh'airgeadan. Far an gabh a dhèanamh, bu chòir gu bheilear a' cleachdadh luachan-iomlaid làithreach. Dh'fhaodadh na luachan dàimheach thar ùine, agus a' bhuaidh a thàinig bho atharrachaidhean anna, a bhith nan cùis-rannsachaidh inntinneach no mar chuspair còmhraidh.



Iomlaidiche Airgeadan aig Google

Puingean rim beachdachadh:

- Nuair a thathar a' dèanamh rannsachadh air co-theacsaichean beatha làitheil, tha e cudromach luchd-ionnsachaidh a leigeil ri suidheachaidhean far nach eil aon fhreagairt cheart ann. Bu chòir gu bheilear a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh a bhith a' deasbad tairbhean agus mì-thairbhean nan diofar roghainnean agus mìneachadh a thoirt seachad airson nan roghainnean a thagh iad.
- Nuair a thathar a' dèanamh còmhraidh mu dheidhinn bancaireachd air-loidhne agus modhan-pàighidh didseatach, tha cothrom air leth ann gus luaidh a dhèanamh air sàbhailteachd air-loidhne, gu h-àraid cleachdadh fhacal-faire a tha làidir, tèarainteachd beò-meatrach agus ceuman gus gadachd dearbh-aithne a sheachnadh.

Ceistean Beachdail:

- Ciamar a nì sinn cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh comasach air rannsachadh a dhèanamh air suidheachaidhean far a bheilear a' dèiligeadh ri airgead, a tha buntainneach don eòlas aca fhèin agus inntinneach dhaibh?
- Ciamar a nì sinn cinnteach gum bithear a' toirt fa-near cùl-raointean an luchd-ionnsachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil ionnsachadh is teagasg mothachail agus in-ghabhalta?

- Ciamar a bhios sinn a' com-pàirteachadh phàrantan is luchd-cùraim gus am brosnachadh a bhith a' bruidhinn ri an cuid chloinne mu dheidhinn airgead? A bheil tuigse shoilleir againn air dè cho misneachail 's a tha pàrantan san raon seo?

Ceanglaichean tarsainn a' churraicealaim:

Àireamhachd agus Matamataig

- A' cleachdadh caochladh de mhodhan-obrach gus ceistean fhuasgladh ann an co-theacsa an airgid.
- A' cleachdadh cruinneachadh (m.e. gu 2 ionad dheicheadh) gus tuairmse a thoirt air obrachaidhean a-mach.
- Ag obrachadh a-mach cheudadan, le àireamhair agus gun àireamhair.
- A' meudachadh agus a' lùghdachadh uireadan dàimheach gu co-chuideil.
- A' lorg fiosrachadh no a' tional dàta le bhith a' cleachdadh teicneòlas didseatach.

Slàinte agus sunnd

- Ag ionnsachadh measadh a dhèanamh air agus rian a chumail air cunnart, gus mi-fhìn agus càch a dhòn, agus comas croin a lùghdachadh far an gabh sin dèanamh.

Litearrachd agus Gàidhlig

- A' co-phàirteachadh fiosrachadh, bheachdan no bharailean.
- A' dèanamh gearr-chunntas air toraidhean no a' tarraing cho-dhùnaidhean.

Eòlas sòisealta

- A' dèanamh rannsachadh air ceistean moralta a tha co-cheangailte ri cleachdadh gnothachais, agus a' faighinn tuigse air mar a tha gnothachasan a' cuideachadh gus feuman a choileanadh.
- A' tuigsinn cho deatamach 's a tha buidseatadh agus a' socrachadh dòighean gus rian a chumail air ionmhas, a' toirt sùil air cothroman a dh'fhaodadh a bhith ann airson inbheisteadh, sàbhalaichean, cunnartan no feumalachdan iasaid.

Teicneòlasan

- Mothachadh air mar a chumas mi mi-fhìn sàbhailte agus tèarainte (nuair a thathar a' cleachdadh teicneòlasan didseatach).

Ceathramh Ìre

Tha an clàr gu h-ìosal a’ gabhail a-steach na h-eòlasan is builean a tha ceangailte ri ‘Airgead’ aig a’ cheathramh ìre. Bu chòir na h-eòlasan is builean a chleachdadh ann am planadh airson ionnsachadh, teagasg agus measadh. Bu chòir a thoirt fa-near gun deach na slatan-tomhais a dhealbhadh gus taic a thoirt do bhreithneachadh phroifeiseanta an tidseir a thaobh dèanamh adhartas fa chomhair ìre agus coileanadh ìre. Feumaidh luchd-ionnsachaidh a bhith air an treòrachadh tro raon de dhiofar eòlasan mus tèid aca air na builean seo a choileanadh.

Eòlasan is Builean	Slatan-tomhais
Is urrainn dhomh còmhradh agus mìneachadh a dhèanamh air na nithean air am feum mi beachdachadh gus obrachadh a-mach dè ruigeas mi air ceannach, a chum rian a chumail air creideas agus fiachan agus dòigh-bheatha chunntasach a bhith agam. MNU 4-09a Is urrainn dhomh fiosrachadh a lorg air cosnaidhean agus lùghdachaidhean agus is urrainn dhomh seo a chleachdadh nuair a tha mi a’ dèanamh obrachaidhean a-mach gus teachd-a-steach lom a shocrachadh. MNU 4-09b Is urrain dhomh rannsachadh, coimeas agus iomsgaradh a dhèanamh air raon de bhathar ionmhais phearsanta agus, an dèidh obrachaidhean a-mach a dhèanamh, is urrainn dhomh na roghainnean as fheàrr leam a mhìneachadh. MNU 4-09c	• A’ cur an gnìomh tuigse air creideas is fiachan a thaobh cosnaidhean agus lùghdachaidhean. • A’ cleachdadh sgilean buidseataidh gus rian a chumail air teachd-a-steach gu h-èifeachdach agus a’ fireanachadh roghainnean a thaobh caiteachas agus sàbhaladh. • Ag obrachadh a-mach teachd-a-steach lom le bhith a’ roghnachadh fiosrachadh freagarrach. • A’ dèanamh coimeas eadar raon de bhathar ionmhais phearsanta. • A’ co-phàirteachadh dè a’ bhuaidh a thig bho cho-dhùnidhean ionmhasail. • A’ cur an gnìomh eòlas air iomlaid airgeadan gus an luach as fheàrr obrachadh a-mach.

Dòighean-obrach èifeachdach airson ionnsachadh agus teagasg

Cosnaidhean agus lùghdachaidhean

Aig ceathramh ìre, bu chòir gun tòisich luchd-ionnsachaidh rannsachadh a dhèanamh agus tuigse fhaighinn air briathran leithid:

- Reat gach uair a thìde
- Reat còrr-ùine
- Tuarastal
- Cìs teachd-a-steach
- Creideasan teachd-a-steach

- Àrachas Nàiseanta
- Teachd-a-steach lom agus teachd-a-steach iomlan
- Coimisean
- Peinnsean

Ma nithear rannsachadh air cinn-uidhe deimhinneach leithid preantasachd, colaiste, oilthigh, agus fastadh, a' gabhail a-steach fèin-fhastadh, faodaidh sin a bhith na dheagh toiseach-toiseachaidh airson còmhraidh air a' bhun-tuarastal nàiseanta, tuarastal bith-beò, ionmhas nan oileanach, cùmhnantan neoni uairean agus eaconamaidh nan gigeachan.

Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh rannsachadh a dhèanamh air bunan eile airson teachd-a-steach, leithid shochairan sòisealta dhaibhsan nach urrainn obair a dhèanamh, mar eisimpleir air sàilleibh ciorramachd no uallaichean cùraim.

Far a bheilear ag obrachadh a-mach cosnaidhean le bhith a' cleachdadh reataichean gach uair a thìde, reataichean còrr-ùine agus tuarastal bliadhnail, tha seo a' toirt co-theacsa air nach bi daoine cho eòlach nuair a tha iad a' mineachadh agus a' fuasgladh cheistean ioma-cheum le bhith a' cleachdadh cur-ris, toirt-air-falbh, iomadachadh agus roinneadh. Gheibhear co-theacsa airson ceudadan obrachadh a-mach bho Àrachas Nàiseanta, cìs, obrachaidhean a-mach airson coimisean agus meudachadh tuarastail no lùghdachadh ann an àireamh de dh'uairean a chaidh obrachadh.

A' sgrùdadh bhileagan-pàighidh

Gnìomachd Scotland Learns – Cosnaidhean agus bileagan-pàighidh – treas agus ceathramh ìre

DATE	EMPLOYEE NUMBER	TAX CODE	PAYMENT	PERIOD
31/03/20	ST 000364	S1250L	BACS	Month 3
NI Number		NB256238D		
		DEDUCTIONS	TOTALS TO DATE	
Basic Pay	Tax	120.87	Total Gross Pay	5,238.00
	NI	114.52	Taxable Pay	1,705.00
	Pension	52.86	Tax Paid	362.61
			Employee NI	343.56
			Employer NI	422.58
			Employee Pension	158.58
			Employer Pension	106.25
	HOURS	GROSS PAY	DEDUCTIONS	NET PAY
37	1,746.00	288.25	1,457.75	

Ceistean airson còmhraidh:

- Dè tha na tùs-litrichean NI a' ciallachadh, agus ciamar a thathar a' cleachdadh a' phàighidh seo?
- Dè tha na briathran 'pàigheadh iomlan' agus 'pàigheadh lom' a' ciallachadh?
- Dè tha an colbh 'iomlain gu ruige seo' a' nochdadh?
- Tha uiread cìse de £120.87 sa cholbh 'Lùghdachaidhean'. Dè chanar ris a' chìs seo? Carson, saoilidh tu, a tha sinn a' pàigheadh na cìse seo?
- Tha àireamh còd cìse ann S1250L. Dè tha an àireamh seo a' ciallachadh?
- Dè an t-ainm eile a thathar a' cleachdadh airson 'pàigheadh lom', agus ciamar a thathar ga obrachadh a-mach?

A' cleachdadh na bileag-pàighidh air an duilleig ron seo mar theamploid, dh'fhaodadh fiosrachadh a bhith air a thoirt do luchd-ionnsachaidh agus iarraidh orra teachd-a-steach lom obrachadh a-mach.

Bu chòir do luchd-ionnsachaidh a bhith mothachail gu bheil cìs teachd-a-steach air obrachadh a-mach ann an dòigh caran eadar-dhealaichte ann an Alba ann an coimeas ris a' chòrr den Rìoghachd Aonaichte. Gheibhear am fiosrachadh as ùire a thaobh cìs teachd-a-steach Albannach [an seo](#).

Buidseat fa chomhair Tuarastal

Thoir cnàmh-sgeulan do luchd-ionnsachaidh far a bheil fiosrachadh ann air caiteachas gach mìos agus iarr orra tuairmse a thoirt air cia mheud a dh'fheumar ann an tuarastal bliadhna gus na cosgaisean seo a chòmhdachadh.



A' lorg obair



Rannsaich cothroman obrach san sgìre ionadail agus na reataichean pàighidh a thathar a' tabhann. Tagh obair agus cleachd am fiosrachadh a tha ri fhaotainn gus an tuarastal bliadhna obrachadh a-mach, tuairmse a thoirt air a' phàigheadh a bheirear dhachaigh gach mìos/gach seachdain agus cosgaisean eile ceangailte ri obair, leithid cosgaisean-siubhail, obrachadh a-mach. Dh'fhaodadh a' ghnìomhachd seo a bhith ceangailte ri cnàmh-sgeul buidseit no rannsachadh air cosgais bith-beò.

Faodaidh e a bhith na chuideachadh mòr airson luchd-ionnsachaidh a bhith a' dèanamh rannsachadh air cosgaisean bith-beò a tha fìor-riochdail san sgìre ionadail aca agus a bhith a' cnuasachadh air mar a dh'fhaodas seo buaidh a thoirt air na h-amasan aca airson an ama ri teachd.

Cosgais bith-beò

Le bhith a' cleachdadh nan làraichean-lìn aig ceannaichean-seilbh, faodaidh luchd-ionnsachaidh rannsachadh a dhèanamh air na cosgaisean a tha an lùib:

- taigheadas – airson màl agus airson reic san sgìre ionadail, a' gabhail a-steach co-roinnean flat no taighe
- cosgaisean morgaidse airson an taighe chuibheasaich san sgìre
- cìs comhairle
- cosgaisean lùtha cuibheasach



Dh'fhaodadh iad an uair sin am fiosrachadh a thional iad a chleachdadh gus buidseat a chruthachadh airson neach singilte no teaghlach a' fuireach ann an caochladh de dhiofar sheòrsaichean de dh'aitichean-còmhnaidh.

Dh'fhaodadh iad cuideachd rannsachadh a dhèanamh air caiteachas cuibheasach air biadh bunaiteach agus eadar-lìon, a bharrachd air pacaidean dibhearsain airson an taighe.

Ionmhas Pearsanta

Bu chòir do luchd-ionnsachaidh an cuid eòlais air na diofar sheòrsaichean de bhathar ionmhais phearsanta a leudachadh, agus bu chòir cothroman a thoirt dhaibh gus coimeas a dhèanamh eadar cosgaisean nan diofar roghainnean, fireanachadh a thoirt seachad air an son agus molaidhean a chur air adhart stèidhichte air an cuid obrachaidhean a-mach.

Ghabhadh cliath-dhuilleagan no àireamhairean air-loidhne a chleachdadh gus rannsachadh a dhèanamh air a' bhuidh a bhios aig atharrachaidhean ri ìre-rèidh air gach cuid cosgais iasaid agus bathar sàbhalaidh.

Tha e feumail còmhraidh a bhrosnachadh ri luchd-ionnsachaidh a thaobh nan diofar sheòrsaichean de dh'àrachas a tha ri fhaotainn, leithid àrachas taighe, àrachas càr, àrachas beatha, àrachas siubhail agus àrachas pheataichean, a bharrachd air bathar luchd-caitheimh leithid barantasan leudaichte.

Bu chòir gum bi luchd-ionnsachaidh mean air mhean a' tuigsinn nan tairbhean agus mì-thairbhean an lùib ceannach leithid de bhathar, agus cuin a tha leithid de cheannachd èigneachail agus cuin a tha i roghainneil. Faodaidh luchd-ionnsachaidh còmhraidh a dhèanamh air dè na factaran a bhios a' toirt buaidh air cosgais tàilleabhan àrachais agus bu chòir dhaibh fàs eòlach air innealan air-loidhne a tha a' toirt air seopagaidh timcheall airson a' bhargain as fheàrr a bhith nas fhasa.

Sealbh Pheataichean



Rannsaich na cosgaisean a tha an lùib diofar sheòrsaichean de pheata, a' gabhail a-steach cosgais àrachas peata. Dh'fhaodadh coimeas a bhith air a dhèanamh eadar cosgaisean cuibheasach airson leigheasan cumanta agus cosgais bhliadhnail airson àrachas, agus dh'fhaodadh rannsachadh a bhith air a dhèanamh gus fiosrachadh fhaighinn air dè cho coltach 's a dh'fheumadh peata leigheas. Dh'fhaodadh ceanglaichean a bhith air an dèanamh ri cùisean slàinte a tha cumanta airson seòrsaichean àraid de choin.

Àrachas càr

Rannsaich dè tha a' dèanamh poileasaidh àrachas càr math agus dè a bheir buaidh air a' chosgais. Dèan liosta no postair no ullaich taisbeanadh gus na toraidhean agad a cho-roinn.



Iomlaid airgeadan

Aig ceathramh ìre, dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh obair le airgeadan air nach bi iad cho eòlach, agus dh'fhaodadh an iomlaid a bhith eadar dà airgead nach eil nam punnd Shasannach. Tro bhith a' fuasgladh cheistean sa cho-theacsa seo, bidh luchd-ionnsachaidh a' faighinn chothroman gus raon de sgilean àireamhachd a chur an gnìomh.

Dh'fhaodadh rannsachadh a bhith air a dhèanamh gus coimeas a dhèanamh eadar na cosgaisean an lùib ceannach bho bhùth a tha stèidhichte san Rìoghachd Aonaichte agus na cosgaisean an lùib ceannach bho bhùth a tha thall thairis. A bharrachd air an luach-iomlaid buntainneach a chleachdadh gus coimeas a dhèanamh eadar na cosgaisean, dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh cuideachd rannsachadh a dhèanamh air cosgaisean loingeis agus cìsean air ion-mhalairt. Dh'fhaodadh e a bhith feumail còmhraidh a dhèanamh air cùisean beusail, leithid na buaidh air an àrainneachd agus cumhaichean fastaidh gus co-dhùnadh fiosraichte a dhèanamh.

Airgead-siubhail

Tha thu an dùil a bhith a' siubhal dhan Ròimhe agus tha thu an dùil gun cosg thu mu €500 fhad 's a tha thu thall. Rannsaich na cosgaisean an lùib:

- Airgead a cheannach mus siubhail thu (dh'fhaodadh seo tighinn bho bhanca, mòr-mhargaidh no air-loidhne)
- Toll-airgid (ATM) a chleachdadh fhad 's a tha thu thall thairis
- Cairt ro-phàighidh a chleachdadh



Bu chòir dhut a thoirt fa-near luachan-iomlaid, càintean airson ATM a chleachdadh no cairtean pàighidh, a bharrachd air buannachdan is eas-bhuannachdan nan diofar roghainnean.

Ceannachd as fheàrr airson baidhsagal

Tha Pawel ag iarraidh seòrsa àraid de rothair-beinne a cheannach air-loidhne. 'S e a' phrìs £899 san Rìoghachd Aonaichte, far a bheil e a' fuireach, agus thèid a libhrigeadh saor an-asgaidh. Tha e a' dearbhadh na prìse sa Ghearmailt agus sna Stàitean Aonaichte. Tha na prìsean mar a gheibhear gu h-ìosal. Tha e an dùil pàigheadh air a shon le cairt-creideis. Ma cheannaicheas e bho thall-thairis, feumaidh e càin a phàigheadh luach 3 sa cheud den chosgais iomlain (a' gabhail a-steach libhrigeadh agus cìs luach leasaichte, no VAT).

A' Ghearmailt
Pris: €1079.99
Libhrigeadh:
Saor an-asgaidh



Stàitean
Aonaichte
Pris: \$1090
Libhrigeadh: \$30

A bharrachd air sin, far a bheil luach nan nithean nas motha na £39, bithear a' cur cìs luach 20 sa cheud air a' chosgais iomlain airson nithean a tha air an ion-phortadh don Rìoghachd Aonaichte.

Cleachd na luachan-iomlaid làithreach airson an airgid gus a' chosgais iomlan obrachadh a-mach airson am baidhsagal a cheannach bho gach dùthaich, agus thoir comhairle do Pawel air an

Ionnsachadh Teaghlaich

Tha pàirt chudromach aig pàrantan is luchd-cùraim ri chluich ann a bhith a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gus comasachd ionmhasail a leasachadh.

‘Tha ceangal dìreach eadar comasachd ionmhasail nas fheàrr agus far a bheil clann a’ faighinn airgead gu cunbhalach, gun umhail dhan uiread, agus a’ faighinn a’ chothruim a bhith a’ dèanamh cho-dhùnaidhean ionmhasail, a bharrachd air pàrantan a’ stèidheachadh riaghailtean teann a thaobh airgead. Tha e cudromach gu bheil pàrantan a’ toirt deagh eisimpleir, leithid sealltainn don chuid chloinne mar a chleachdas iad còrr-banca agus an seasamh a tha iad a’ leigeil orra a thaobh teagasg clann mu dheidhinn airgead.’⁶

Tha e cudromach gum bi sgoiltean a’ cuideachadh pàrantan is luchd-cùraim gus tuigse fhaighinn air cho cudromach ‘s a tha a’ phàirt as urrainn dhaibhsan cluiche. Faodar làrach-lìn na sgoile, puist-dealain, litrichean-naidheachd, aplacaidean sgoile, meadhanan sòisealta agus tachartasan lionrachaidh a chleachdadh gus pàrantan is luchd-cùraim a chumail an lùib, agus fiosraichte mu dheidhinn, susbaint nan cuspairean foghlaim ionmhasail agus cuin a bhithear gan teagasg san sgoil.

Is urrainn dhuinn comhairle phractaigeach a sholarachadh, a bhrosnaicheas pàrantan is luchd-cùraim a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil an cuid chloinne a’ gabhail com-pàirt san dòigh sa bhios airgead ga chleachdadh le muinntir an dachaigh agus a’ planadh agus a’ suidheachadh amasan ionmhasail. Dh’fhaodadh gnìomhachdan co-obrachail a bhith air an suidheachadh mar obair-dachaigh gus còmhraidh a bhrosnachadh mu dheidhinn airgead agus fiosrachadh air cuspairean foghlaim ionmhasail ri teachd a cho-roinn, air chor ‘s gum bi fios aig pàrantan is luchd-cùraim dè bhithear a’ teagasg. Dh’fhaodar beachdachadh air tachartasan a chur air dòigh gus pàrantan is clann a thoirt còmhla.

Puingean rim beachdachadh:

- Tha bathar ionmhasail a’ sìor-atharrachadh. Nuair a thathar a’ dèanamh rannsachadh air co-theacsaichean beatha làitheil, tha e cudromach gu bheil sinn a’ cleachdadh an fhiosrachaidh as ùire ann an eisimpleirean. Ma thathar a’ cleachdadh eisimpleirean bho theacs-leabhar, faodar an atharrachadh mar a tha riatanach.
- Tha e cudromach a bhith mothachail air cùl-raointean ionmhasail an luchd-ionnsachaidh, gun a bhith daor-bhreitheach a thaobh roghainnean ionmhasail agus a bhith a’ cur air adhart tuigse air suidheachaidhean eadar-dhealaichte.

Ceistean Beachdail:

- **A bheil na gnìomhachdan a tha sinn a’ toirt seachad inntinneach agus a’ fàgail nithean fosgailte? A bheil iad a’ brosnachadh luchd-ionnsachaidh gus co-dhùnaidhean a dhèanamh stèidhte air fianais? A bheil sinn a’ toirt chothroman do**

⁶ *Children and Young People and Financial Capability: Needs Analysis* (Seirbheis Comhairle air Airgead, 2018)

luchd-ionnsachaidh a bhith a' cleachdadh an cuid eòlais agus obrachaidhean a-mach gus co-dhùnaidhean fhìreanachadh?

- **Dè na cothroman a dh'fhaodas sinn a thoirt seachad a bhios a' dèanamh cheanglaichean tarsainn a' churraicealaim? Ciamar as urrainn dhuinn planadh còmhla ri co-luchd-obrach gus gnìomhachdan a tha beartach le ionnsachadh eadar-chuspaireil (IDL) a libhrigeadh?**
- **Ciamar a bhios sinn a' com-pàirteachadh phàrantan is luchd-cùraim gus am brosnachadh a bhith a' bruidhinn ri an cuid chloinne mu dheidhinn airgead? A bheil tuigse shoilleir againn air dè cho misneachail 's a tha pàrantan san raon seo?**

Ceanglaichean tarsainn a' churraicealaim:

Àireamhachd agus Matamataig

- A' cruinneachadh fhreagairtean gu figear brìgheil ainmichte.
- A' fuasgladh cheistean le bhith a' dèanamh obrachaidhean a-mach ann an co-theacsaichean air nach eilear eòlach.
- Ag obrachadh a-mach meudachadh ceudadach, no lùghdachadh ceudadach, de dh'uiread.
- A' fuasgladh cheistean airgid as urrainn a bhith air am modaileadh le dàimh loidhneach.
- A' meas agus a' mìnachadh dàta.
- A' dèanamh coimeas air fiosrachadh àireamhail ann an co-theacsa airgid le bhith a' cleachdadh thomhasan de sgapadh agus meadhanachd.

Slàinte agus sunnd

- Ag ionnsachadh measadh a dhèanamh air agus rian a chumail air cunnart, gus mi-fhìn agus càch a dhìon, agus comas croin a lùghdachadh far an gabh sin dèanamh.
- Le bhith a' rannsachadh nan diofar bhuaidhean a thathar a' toirt air an neach-chaitheimh, is urrainn dhomh còmhraidh a dhèanamh air mar a dh'fhaodas luchd-caitheimh a bhith fo bhuaidh bhunan bhon taobh a-muigh.

Litearrachd agus Gàidhlig

- A' co-phàirteachadh mion-fhiosrachadh, beachdan no barailean.
- A' toirt geàrr-chunntas air beachdan, cùisean, toraidhean no co-dhùnaidhean.

Eòlas sòisealta

- A' dèanamh sgrùdadh air mar a dh'fhaodas cuid de dh'fheartan eaconamach buaidh a thoirt air daoine, gnothachasan no coimhearsnachdan.
- A' measadh dè cho freagarrach 's a bhiodh na roghainnean ionmhasail a tha rim faotainn airson diofar sheòrsaichean de ghnòthachas a chur air bhonn agus taic a thoirt dhaibh.
- A' measadh, ag ullachadh agus a' taisbeanadh fiosrachadh is sgrìobhainnean ionmhasail gus cobhair a thoirt ann a bhith a' dèanamh co-dhùnaidhean freagarrach.

Teicneòlasan

- Rannsaich a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig sìobar-eucoir air gnothachas agus gnìomhachas agus na builean a dh'fhaodas tighinn bhuaipe.

Beag-fhaclair

Briathar	Mineachadh
Cunntas	Seirbheis far a bheil institiuid ionmhasail a' leigeil leat airgead a phàigheadh a-steach, airgead-làimhe a tharraing a-mach agus bileachan a phàigheadh. Bidh an institiuid a' cumail chlàran den h-uile tar-ghnìomh.
So-mhaoin	Nì aig a bheil luach eaconamach a tha fo sheilbheadaireachd neach no buidhne.
APR	(<i>Annual Percentage Rate</i>) Reat ceudadach bliadhna: cosgais creideis mar cheudad gach bliadhna.
ATM	(<i>Automated Teller Machine</i>) Inneal-airgid.
Còrr	An uiread de dh'airgead air a dligheadh no air a tasgadh.
Banca-briste	Far a bheil thu air fhuasgladh bhon dleastanas a bhith ag ath-phàigheadh nam fiachan uile agad, no cuid dhiubh, ann an iomlaid airson call so-mhaoinean sònraichte.
Iomlaideachadh	Iomlaid bathair no sheirbheisean airson bathar no seirbheisean eile gun a bhith a' cleachdadh airgead.
Faighinn air iasad	Far a bheil thu a' faighinn rudeigin air iasad agus thathar a' tuigsinn gun till thu e.
Buidseat	Plana caiteachais no clàr den teachd-a-steach agus cosgaisean, ro-mheasta agus riochdail, thar ùine shònraichte.
Calpa	An uiread thùsail de dh'airgead a tha agad no a tha thu a' sàbhaladh no a' tasgadh.
Creideas	Aonta gus bathar, seirbheisean no airgead a thoirt seachad ann an iomlaid pàighidh san àm ri teachd.
Aonadh Creideis	Co-chomann ionmhasail neo-phrothaideach airson airgead-tasgaidh a bhios a' toirt sheirbheisean ionmhasail do na ball-sheilbheadairean aige.
Cripto-airgead	Airgead biortail no didseatach nach eil air a chlò-bhualadh le riaghaltasan.

Airgead na dùthcha	Siostam airgid a thathar a' cleachdadh ann an dùthaich àraid.
Cairt-fhiachan	Cairt-phàighidh a thathar a' cleachdadh gus ceannachdan a dhèanamh le bhith a' cleachdadh an airgid a tha sa chunntas-bhanca agad.
Fiachan	Rudeigin air a dhligheadh.
Eàrlas	Far a bheilear a' cur airgead ann an cunntas.
Toirt às dìreach	(<i>Direct Debit</i>) Far a bheil airgead air a chur gu h-eileagtronaigeach chun a' chunntais-bhanca agad, no bhon chunntas-bhanca agad, gus bileachan cunbhalach a phàigheadh no gus pàighidhean cunbhalach fhaighinn.
Lasachadh prìse	Lùghdachadh ann an cosgais.
Eaconamaidh	An dòigh sa bheil dùthaich a' cumail rian air an airgead agus stòrasan aice gus bathar is seirbheisean a chruthachadh, a cheannach agus a reic.
Luach-iomlaid	Àireamh a thathar a' cleachdadh gus coimeas a dhèanamh eadar luach an airgid ann an dà dhiofar dhùthchannan.
Caiteachas	An uiread de dh'airgead a thathar a' cosg air rudeigin.
Foill	Cealg, claon-iomradh no cleith fiosrachaidh, air a dèanamh a dh'aona-ghnothach agus gu mì-laghail, gus buannachd ionmhasail fhaighinn.
Eaconamaidh nan gigeachan	Briathar neo-fhoirmeil airson shuidheachaidhean far a bheil daoine air am fastadh airson pròiseactan no gnìomhachdan singilte no airson obraichean gearr-ùine.
Teachd-a-steach iomlan	Pàigheadh iomlan mus toirear cìsean agus lùghdachaidhean eile air falbh.
Teachd-a-steach	Airgead air a chosnadh bho thasgaidhean agus bho fhastadh.
Atmhorachd	Àrdachadh iomlan ann an cosgais bathair is sheirbheisean.

Riadh	Cosgais airson airgead fhaighinn air iasad agus/no cosnadh bho airgead a thoirt air iasad. Tha thu a' cosnadh riadh nuair a tha thu a' tasgadh airgead ann an cunntas-shàbhalaidean, oir tha thu a' toirt airgead air iasad don bhanca.
Ìre-rèidh	A' cho-chuid den iasad no de na sàbhalaidean a thathar a' teàirdseadh/pàigheadh. Is àbhaist gu bheilear ga chur an cèill mar cheudad.
Tasgadh-airgid	Rudeigin air am bi thu a' cosg airgead ann an dùil gum bi thu a' cosnadh piseach air airgead.
Iasad	Airgead a dh'fheumar ath-phàigheadh, mar is àbhaist le riadh.
Cearban iasaid	Neach a bhios a' toirt airgead air iasad aig ìre-rèidh a tha glè àrd.
Call	An diofar àicheil eadar airgead a fhuaradh agus airgead air chosg.
Morgaidse	Iasad fad-ùineach gus seilbh no fearann a cheannach.
Teachd-a-steach lom	Uiread de dh'airgead a thathar a' pàigheadh dhut an dèidh do chìsean agus lùghdachaidhean a bhith air an toirt às. Canar 'pàigheadh a bheirear dhachaigh' ris cuideachd.
Air a ro-tharraing	Nuair nach eil airgead gu leòr sa chunntas agad gus pàigheadh airson tar-ghnìomh, ach tha am banca ga phàigheadh co-dhiù.
pa	<i>(Per Annum)</i> Gach bliadhna.
Iasad latha-pàighidh	Iasad a tha furasta ri fhaighinn airson uiread a tha caran beag agus a thathar a' pàigheadh air ais thar ùine gheàrr. Is àbhaist gu bheil ìre-rèidh àrd aige.
PAYE	<i>(Pay As You Earn)</i> Tha an siostam 'pàigh mar a choisinnear' na mhodh airson cìs teachd-a-steach agus tabhartasan an àrachais nàiseanta a phàigheadh. Bidh am fastaiche agad a' toirt cìs agus tabhartasan an àrachais nàiseanta às an tuarastal agad, no às a' pheinnsean dhreuchdail agad, mus pàighear dhut an tuarastal no peinnsean agad.
Prothaid	An diofar dearbhte eadar an t-airgead a fhuaradh agus an t-airgead air chosg.
Sàbhaladh	Am pròiseas leis am bithear a' cur airgead dhan taobh airson caiteachas san àm ri teachd.

Òrdugh seasmhach	<i>(Standing order)</i> Uiread shocraichte a tha thu ag òrdachadh don bhanca agad a ghluasad gu cunbhalach bhon chunntas agad gu cunntas eile. Dh'fhaodadh seo a bhith airson bile cunbhalach a phàigheadh no airson airgead a thar-aiseag gu cunntas shàbhalaidean.
Cìs	Tàille a bhios an riaghaltas a' cur air an teachd-a-steach, gnìomhachdan no bathar aig gnothachasan agus aig daoine fa leth. Bithear an uair sin ga cleachdadh gus pàigheadh airson sheirbheisean riaghaltais, leithid foghlam agus slàinte.
Roinn an Ionmhais	Roinn an riaghaltais a tha air cheann caiteachas poblach agus poileasaidh eaconamach.
Às-tharraing	A' toirt airgead a-mach à cunntas-banca.

Foghlam Alba

Taigh Denholm

Pàirc Gnothachais Almondvale

Slighe Almondvale

Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

F +44 (0)131 244 4330

P-d enquiries@educationscotland.gov.scot

www.education.gov.scot